

# Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig

Aithisg do Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

# Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha air Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig

## Aithisg do Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh

### Clàr-innse

<b>1</b>	<b>Geàrr-chunntas</b>	<b>2</b>
<b>2</b>	<b>Ro-ràdh</b>	
2.1	A' Bhuidheann-obrach Gheàrr-bheatha	8
2.2	Lèirsinn agus Mineachaidhean	8
2.3	Dùbhlain Mu Choinneamh na Gàidhlig	9
2.4	Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig	10
2.5	Cothroman	11
2.6	Àrdachadh Maoineachaidh	13
2.7	Nithean a bheir buaidh air Cothroman Eaconamach is Sòisealta na Gàidhlig	14
2.8	A' Sgrùdadh Adhartais	14
<b>3</b>	<b>Molaidhean</b>	
3.1	Sluagh agus Bun-structar	15
3.2	An Roinn Phoblach agus Planaichean Gàidhlig	20
3.3	Coimhearsnachdan	23
3.4	Foghlam	27
3.5	Prìomh Roinnean	33
<b>4</b>	<b>A' cur molaidhean na buidhne an gnìomh</b>	<b>38</b>
<b>Leas-phàipear 1</b>	<b>Raon-ùghdarras na buidhne bho Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh</b>	<b>39</b>
<b>Leas-phàipear 2</b>	<b>Iomraidhean</b>	<b>40</b>

'Is ged a dh'fheuch iad ri cur às dhuinn  
Chì mo theaghlach cnoc nan linn  
Is ged tha ar cànan leòint' le strì  
'S an tìr seo bidh i beò'

'Tìr a' Mhurain' © Calum & Rory Macdonald

'Although they tried to destroy us  
My children will see the landscape of generations  
Although the language has been wounded in its struggle  
In this land, she will live on'

'Tìr a' Mhurain' © Calum & Rory Macdonald

Dealbh Còmhdach © Cailean MacIllEathain

# 1 Geàrr-chunntas

Ann an a' Mhàrt 2022, ghairm Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha (a' bhuidheann) le amas Gàidhlig a neartachadh tro fòcas air cothroman eaconamach is an eaconamaidh a neartachadh tro bhith a' deanamh lan-fheum de na cothroman a th' ann a thaobh na Gàidhlig.

Tha an aithisg seo a' mìneachadh a' cho-theacsa anns an do dh'obraich a' bhuidheann, cuid de na dùbhlain mu choinneamh na Gàidhlig is cuideachd na deagh cothroman a th' ann son toraidhean sòisealta, eaconamach, cultarail, foghlaim is maith.

Tha molaidhean na buidhne, is na raointean sam bu chòir an cur an sàs, a' tighinn fo na cinn seo:

- Sluagh is Bun-structar
- An Roinn Phoblach is Planaichean Gàidhlig
- Coimhearsnachdan
- Foghlam
- Prìomh Roinnean

'S iad seo na prìomh theachdaireachdan ceangailte ris na molaidhean:

- Tha taic don Ghàidhlig mu thràth air measgachadh de thoraidhean a libhrigeadh, ach tha sàr cothroman ann son piseach nas motha bho bhith a' cur ionmhas an seilbh airson measgachadh de dh'iomairtean a chuireas taic ri togail is cleachdadh na Gàidhlig.
- Bu chòir coimhearsnachdan air feadh na h-Alba buannachdan fhaighinn bho thaic do sgilean is gnìomhachasan an ama ri teachd.
- Feumaidh na treandaichean deamografach mu choinneamh nan coimhearsnachdan Gàidhlig a bhith air an aithneachadh is tha feum air èiginneachd a bharrachd ann a bhith a' toirt cumhachd do dhaoine gus dèanamh cinnteach gun urrainn do na coimhearsnachdan aca soirbheachadh, is feumar fada a bharrachd aire a thoirt don Ghàidhlig nuair a thathar a' beachdachadh air mar a ghabhas sin a dhèanamh.
- Fhad 's a bu chòir taic a chur ri leasachadh na Gàidhlig ann an àitichean air feadh Alba, feumar aire shònraichte a thoirt do na feumalachdan aig diofar Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.
- Feumar làn-aire a thoirt do dh'fheumalachdan na Gàidhlig thairis a h-uile raon de phoileasaidhean poblach is bu chòir a h-uile inneal poileasaidh, a th' ann an-dràsta is san àm ri teachd, a chur gu feum gus taic nas fheàrr a thoirt don chànan.
- Bu chòir cothrom air foghlam Gàidhlig a bhith stèidhichte ann an reachdas còmhla ri leudachadh aig a h-uile ìre a chuidicheas, le leasachaidhean, gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-labhairt Gàidhlig misneachail ann is gus toraidhean eaconamach a libhrigeadh.
- Bu chòir gum bi gnìomhan a bharrachd anns na Prìomh Roinnean – tràth-bhliadhnaichean & cùram sòisealta, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh & deoch is an àrainneachd nàdarra – is iad nam prìomh raointean adhartais airson cleachdadh sòisealta na Gàidhlig is toraidhean eaconamach.
- Bidh feum air tuilleadh maoinachaidh gus barrachd obrach a bhrosnachadh ach thig toraidhean sòisealta, eaconamach is maith às an ionmhas a thèid a chosg.
- Chan eil taic don Ghàidhlig an urra ri Riaghaltas na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig a-mhàin is feumaidh measgachadh de bhuidhnean poblach is ùghdarrasan ionadail pàirt nas motha a ghabhail ann an a bhith a' glèidheadh cor a' chànan agus a' gabhail nan cothroman a gheibhear leatha son math eaconamach.

- Feumaidh Planaichean Gàidhlig nas àrd-amasaiche a bhith ann, a tha ag amas air eadar-dhealachadh susbainteach a dhèanamh don Ghàidhlig is tha feum air dòigh nas fheàrr a bhith cinnteach gun tèid an libhrigeadh.

Mu dheireadh, tha a' bhuidheann a' sireadh dòigh gus sgrùdadh, gu bliadhna, a dhèanamh air an ìre gu bheil na molaidhean aice air an libhrigeadh.

Tha na leanas na gheàrr-chunntas de mholaidhean na buidhne. Faicibh earrann 3 son co-theacsa is fiosrachadh air na buidhnean a chaidh a mholadh son stiùir a thoirt do gach fear is a bhith an sàs ann a bhith gan libhrigeadh. Tha na dathan a' comharrachadh a' chlàir-ama bhuileachaidh ris a bheilear an dùil is tha seo air a mhìneachadh ann an earrann 3.

#### Ceangailte ri Sluagh is Bun-structar, tha a' bhuidheann a' moladh:

**3.1.1** Mar èiginneachd, thèid dèiligeadh ri dùbhlain bun-structair – taigheadas, còmhdhail is comas-ceangail didseatach – a lagaicheas 'an cothrom gus tòiseachadh air stèidh cho-ionann' son amasan NSET.

**3.1.2** Beachdaichidh Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean air a' bhuidheann mhì-chothromach a b' urrainn gainnead taigheadais aig prìs reusanta toirt air coimhearsnachdan Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean nas sùbailte ann is gun tèid taigheadas a thoirt seachad nas luaithe.

**3.1.3** Bu chòir fòcas Tionnsgainneachd NSET a bhith air a leudachadh gu Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig gus taic a thoirt do luchd-tionnsgain Gàidhlig le brosnachaidhean a bharrachd is taic son ghnòthachasan a th' air ùr-thòiseachadh.

**3.1.4** Thèid coimhead air 'sgeama cothrom ceart' saor-thoileach son a bhith a' reic thaighean, far a bheilear a' toirt cuireadh do bhuidhnean iomchaidh obrachadh le buidhnean-reic thaighean gus an gabh taigheadas a thoirt seachad a-rèir feum.

**3.1.5** Thèid sgeama a chruthachadh gus taic a chur ri seasmhachd Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig tro bhith a' tabhann ghrantaichean a nì e comasach do dhaoine air tuarastal ìosal no meadhanach sealbh fhaighinn air an dachaighean fhèin – an dà chuid sealbh fhaighinn air làrach son togail no àite a cheannach is a leasachadh a th' ann mu thràth gus a chleachdadh mar an aon àite còmhnaidh aca. 'S dòcha gum b' urrainnear seo a dhèanamh tro bhith a' dèanamh feum eadar-dhealaichte de phrògraman a tha mu thràth aig na Maoinean Taigheadais Dhùthchail is Eileanach.

**3.1.6** Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir uachdarain mìneachadh is sealltainn mar a tha iad a' cur taic ris a' chànan anns na h-aithrisean aca air Còraichean is Dleastanasan Fearainn, agus iad gu h-àraid a' toirt fianais air iomairtean is taic do phròiseactan a tha a' libhrigeadh thoraidhean sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig.

**3.1.7** Bu chòir gum bi gu leòr thaighean rim faighinn aig prìs reusanta. Còmhla ri seo bidh ro-innleachd shoilleir ann a nì cinnteach gu bheil sluagh air a ghlèidheadh agus gu bheil slatan-tomhais ann son taighean a thoirt seachad, 's e na amas cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh is cothroman air a' chànan a chruthachadh ann an coimhearsnachdan le àireamh nach beag de luchd-labhairt, is a' mhòr-chuid dhiubh sin sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

**3.1.8** Le bhith ag aithneachadh neartan cultarail brìgheil na sgìre, Gàidhlig nam measg, bu chòir do Chompàrteachas Eaconamach Sgìreil na Gàidhealtachd is nan Eilean plana sòiseo-eaconamach sònraichte a dhealbhadh a tha stèidhichte air a bhith a' toirt taic do is fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

**3.1.9** Thèid beachdachadh air 'sgìrean eaconamach Gàidhlig', a' tabhann lasachadh chìsean a bhios a' gabhail a-steach (ach chan iad seo a-mhàin) lasachadh na cìse luach-leasaichte (VAT) is

reataichean do ghnòthachasan a tha an sàs ann an gnìomhan ceangailte ri Gàidhlig no a sheallas buaidh Ghàidhlig bhrìgheil. B' urrainn iad seo a bhith ceangailte ris a' Ghàidhealtachd oifigeil a thathar am beachd stèidheachadh no pàirt sam bith de dh'Alba le gnothachas freagarrach.

3.1.10 An toiseach, bu chòir beachdachadh air na h-Eileanan Siar is an t-Eilean Sgitheanach airson dòigh-obrach le àrainn thionnsgalach a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig, UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, is na gnìomhachasan cruthachail am measg feadhainn eile. B' urrainn ceannas a bhith aig leithid a dh'àrainn ann a bhith a' sireadh fhuasglaidhean a thaobh mhion-chànanan a dheigheadh a sgaoileadh air feadh an t-saoghail is a chur an sàs ann an àitichean eile gus barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh.

3.1.11 Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir cùisean a thaobh taigheadais is so-mhaoinean fo shealbh na coimhearsnachd a th' air an adhbhrachadh la bàs gun tiomnadh a bhith air an toirt am follais is bu chòir iomairtean leithid comhairle còir-sheilbh Choimisean na Croitearachd a bhith air a sgaoileadh gu fad is farsaing.

3.1.12 Bu chòir beachdachadh a bheil buidheann-ghnìomha a dh'fheum tuilleadh measaidh a dhèanamh air a h-uile taobh de phoileasaidhean poblach is a' bhuidheann a th' aca air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig – air an aon sheòrsa stèidhe ri Coimisean nan Coimhearsnachdan Cuimris a chaidh a stèidheachadh o chionn greis.

#### Ceangailte ris An Roinn Phoblaich is Planaichean Gàidhlig, tha a' bhuidheann a' moladh:

3.2.1 Far a bheil dleastanas aig buidheann Plana Gàidhlig ullachadh is raon-ùghdarrais aca anns a bheil cothrom son fàs eaconamach, feumaidh iad beachdachadh air ro-innleachd son Gàidhlig *mar stòras* is sin a chur an cèill san obair aca a thuilleadh air an toraidhean corporra.

3.2.2 Gun tèid siostam nam planaichean Gàidhlig a sgrùdadh gus a bhith cinnteach gun tèid geallaidhean nas làidire a libhrigeadh, siostam anns am bi taic do phlanaichean ullaichte gu saor-thoileach, às aonais iarrtas bho Bhòrd na Gàidhlig, a dh'fhaodadh deagh bhuidheann a thoirt air coimhearsnachdan is cuideachadh le libhrigeadh mholaidhean nam planaichean reachdail.

3.2.3 Gun tèid an *Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig* a sgrùdadh le sùil air planaichean nas àrd-amasaidhe agus a bhith a' neartachadh sgrùdadh is libhrigeadh nam planaichean.

3.2.4 Gum bu chòir reachdas a bhith air a neartachadh gus a bhith cinnteach gun tèid planaichean a libhrigeadh is gun tèid beachdachadh air an fheum son Coimiseanair na Gàidhlig aig am biodh cumhachd sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha buidhnean poblach a' cumail ri ullachaidhean an reachdais.

3.2.5 Gum bu chòir gum feum iomairtean ann am prìomh roinnean, a tha a' faighinn airgead poblach, sealltainn gu bheil iad mothachail air a' Ghàidhlig ann am bathar/seirbheisean, agus/no margaideachd, no feumaidh iad mìneachadh carson a tha iad ga fàgail às.

3.2.6 Gum bu chòir ùrachadh a dhèanamh air *Ar Stòras Gàidhlig* gus am faighear an dealbh as ùire de dh'fhàs eaconamach ceangailte ri Gàidhlig bho chaidh a' chiad sgrùdadh fhoillseachadh ann an 2014.

#### Ceangailte ri Coimhearsnachdan, tha a' bhuidheann a' moladh:

3.3.1 Gum bu chòir lìonra de dh'Oifigearan Gàidhlig a gheibhear taic cheart a chumail suas thairis air ùine mhaireannach gus an urrainn dhaibh measgachadh de dh'iomairtean sòisealta Gàidhlig a bhrosnachadh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig is àitichean eile. B' urrainn measgachadh de dhòighean riaghlaidh a bhith an sàs, ach bu chòir cothroman ionnsachaidh a bhith an lùib nan dreuchdan.

3.3.2 Gum bu chòir seirbheisean cùraim-chloinne freagarrach a bhith rim faighinn ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, le trèanadh iomchaidh tro mheadhan na Gàidhlig do chinn-cròileagain, tro phreantasachdan bun-ìre is dòighean eile, ann an dòighean-obrach bogaidh

gus a bhith cinnteach gu bheil uimhir a phàrantan 's a tha ag iarraidh saor a bhith ag obair. Cuideachd, dh'fhaodadh na seirbheisean sin a bhith mar shlighe a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

3.3.3 Gum bu chòir dreuchdan na roinne poblaiche ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, cho fad 's as urrainnear, a bhith air an aithneachadh mar fheadhainn anns a bheil Gàidhlig riatanach, gu h-àraid iadsan a tha ann am prìomh roinnean a tha a' tabhann nan cothroman as motha a thaobh bhuannachdan sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig. Bu chòir gun tèid Gàidhlig a chomharrachadh mar rud riatanach ann an dreuchd phoblach eileanach sam bith a tha ga choileanadh aig astar.

3.3.4 Gum bu chòir trèanadh tionnsgainneach is mothachadh de ghnòthaichean buntainneach ann am planadh cànan a bhith air an tabhann do bhuidhnean Gàidhlig is buidhnean na treas-roinne leithid urrasan coimhearsnachd is dualchais, a thuilleadh air lìonra nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig, gus a bhith cinnteach gu bheil taic nas fheàrr is comas nas freagarraiche aca airson cothroman eaconamach is sòisealta a thoirt gu buil aig ìre na coimhearsnachd.

3.3.5 Tha cothroman son bhuannachdan eaconamach cudromach san Roinn Chùraim Shòisealta is Slàinte – a thuilleadh air buannachdan cànan is maith. Mar sin bu chòir gun tèid cothroman a leasachadh anns an roinn son trèanadh agus libhrigeadh sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig – gu h-àraid ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail. B' urrainn seo tòiseachadh ann an sgoiltean tro leudachadh ann am Preantasachdan Bun-ìre tron Ghàidhlig, a tha mu thràth rim faighinn ann an cùram-chloinne is sna meadhanan ann an àireamh bheag de sgoiltean.

3.3.6 Bu chòir gu bheil taic ann do choimhearsnachdan a bhith a' cruthachadh no a' gabhail sealbh air goireasan far am faighear làraichean anns an nochdadh gnìomhan eaconamach is a chruthaichadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta – no gum faighear cothrom air làraichean a tha mu thràth ann, leithid sgoiltean sa choimhearsnachd.

3.3.7 Chun na h-ìre as motha as urrainnear ann am pròiseas nan dreuchdan poblach, bu chòir dòigh a bhith ann son trusadh taiceil a dhèanamh airson luchd-còmhnaidh Gàidhlig, ionadail air bùird bhuidhnean poblach is comataidhean eile a tha an sàs ann an gnìomhan a bheir buaidh air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

3.3.8 Gum bu chòir beachdachadh air a' chomas a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith aig Oifigearan Tuineachaidh – a bhios a' toirt taic do dhaoine gus gluasad gu, is bhith a' fuireach ann an, coimhearsnachdan eileanach – cudromachd a' chànan ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chur am follais, a thuilleadh air a bhith ag ath-thuineachadh dhaoine aig ìrean eadar-dhealaichte fhad 's a tha iad a' gluasad.

3.3.9 Ann an stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mu mholaidhean son Planaichean Àite Ionadail a stèidheachadh, bu chòir *Sgìrean Cànan Sònraichte* a chomharrachadh far am feum eadar-theachd poileasaidh 's mathaid taic is neart a chur ris a' Ghàidhlig. Bhiodh leasachadh is neartachadh comas-gnìomh is compàirteachadh coimhearsnachd na phrìomh amas an seo.

3.3.10 Leis an fheum laghail son Measaidhean Buaidh nan Coimhearsnachdan Eileanach, bu chòir dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh ceart a dhèanamh air buaidhean cànan is bu chòir stiùireadh deagh-chleachdaidh a bhith ri fhaighinn son cho-chomhairleachaidhean coimhearsnachd gus an tèid an cur an sàs ann an dòigh a tha mothachail de dh'fheumalachdan na Gàidhlig ann an co-theacsa Phlanaichean Àite Ionadail.

Ceangailte ri **Foghlam**, tha a' bhuidheann a' moladh:

3.4.1 Gus buannachdan eaconamach is foghlaim a làn-bhuileachadh feumar, mar èiginneachd, ro-innleachd a dhealbh a thòisicheas a' cur às don neo-ionannachd ann am foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, a tha na bhacadh air togail cànan agus misneachd gus an cànan a

chleachdadh, leis an amas dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh farsaing de chuspairean ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig gu ìre teisteanais.

3.4.2 Mar èiginneachd, gun tèid iomairt ùr a thòiseachadh gus tidsearan ùra a thàladh is aig an aon àm a bhith gu gnìomhach a' feuchainn ri toirt air tidsearan a tha uidheamaichte gus teagasg ann an Gàidhlig, ach nach eil an-dràsta a' dèanamh sin, a thighinn a dh'obair ann am foghlam Gàidhlig. Dh'fhaodadh gum biodh gach iomairt a tha seo feumach air brosnachaidhean maoinachaidh, iomairtean taice is togail misneachd gus cur ri tarraingeachd teagasg na Gàidhlig.

3.4.3 Chun na h-ìre as motha as urrainn, gum bu chòir foghlam thidsearan a bhith air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig le oidhirpean ùra com-pàirteach gus dèanamh cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig (i) air a bhrosnachadh bhon mheadhan agus (ii) air a dhèanamh cho ruigsinneach 's a ghabhas, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh ionnsachadh aig astar, cho fad 's nach eil sin a' lagachadh togail nan sgilean cànan Gàidhlig a tha a dhìth gus a bhith ag ullachadh thidsearan soirbheachail.

3.4.4 Gum bu chòir taic fhreagarrach, chunbhalach a chur air dòigh do luchd-cleachdaidh nan tràth-bhliadhnaichean is tidsearan Gàidhlig gus piseach a thoirt air cùisean is glèidheadh luchd-obrach, a' gabhail a-steach dòighean bogaidh, ionnsachadh leantainneach fad-dreuchd ann an sgilean cànan is a bhith a' solaradh farsaingeachd nas motha de ghoireasan fìor mhath gus cur às don fheum a th' aig tidsearan a bhith a' cruthachadh uimhir de na stuthan teagaisg aca fhèin.

3.4.5 Gun cùm measgachadh iomairtean orra a bhith a' faighinn taic gus ionnsachadh Gàidhlig am measg inbhich a chur air dòigh ann an coimhearsnachdan, sna meadhanan, air-loidhne agus ann an ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre.

3.4.6 Gum bu chòir foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart aig a h-uile ìre, le cothrom air a leasachadh tro chòmhdhail is teicneòlas, far a bheil sin freagarrach, is le aithne air na buannachdan eaconamach, is cuideachd foghlaim, a nochdas bho leasachadh agus leudachadh solair. Gu h-àraid, bu chòir beachdachadh air mar a b' urrainn còir laghail air foghlam Gàidhlig a stèidheachadh mar dhòigh a bhith cinnteach gun tèid solar a leudachadh is cothroman air a leasachadh.

3.4.7 Gus tòiseachadh air leasachadh a thoirt air na thathar a' tairgse son foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, bu chòir ùghdarrasan ionadail co-chomhairleachadh a dhèanamh air na cothroman a th' ann àrd-sgoiltean sònraichte a chomharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig a b' urrainn dearbhadh, tro sgrùdadh bliadhnail, gu bheil amasan soilleir aca son solar Gàidhlig a leasachadh aig ìre àrd-sgoile, fiù 's ma tha dùbhlain ann san ùine ghoirid.

3.4.8 Gum bu chòir measgachadh de Phreantasachdan Bun-ìre tro mheadhan na Gàidhlig a bhith ri fhaighinn ann an AS5-6 do sgoilearan a tha airson dreuchdan a thoirt a-mach anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, sna gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh & deoch is an àrainneachd nàdarra far am biodh cleachdadh na Gàidhlig na bhuannachd no far am bite a' brosnachadh adhartachadh a' chànain.

3.4.9 Gum bi teagasg na Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh riatanach son a h-uile sgoilear AS1-3 ann an àrd-sgoiltean anns na h-Eileanan Siar, san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse, Loch Abar, Tiriodh is Ìle agus gum bi cothrom ann dhaibhsan a tha airson teisteanas fhaighinn ann an AS4-6. B' urrainn seo a bhith air a chur an gnìomh cuideachd ann an àitichean eile far a bheil sgoilearan FTMG a' dol a-steach a dh'àrd-sgoiltean, mar eisimpleir Inbhir Nis, Glaschu agus Dùn Èideann.

3.4.10 Gum bu chòir sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig* is an inbhe aige a bhith air a chur air adhart gu farsaing ann am foghlam na h-Alba le measgachadh de mhodhan-obrach gan cur an sàs, tro phoileasaidh, aithrisean bliadhnail

is luchd-sgrùdaidh sgoiltean, gus a bhith cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail is luchd-poileasaidh foghlaim a' cumail gu dlùth ris na prionnsapalan aige.

- 3.4.11 Gun tèid curraicealam Gàidhlig a leasachadh nach eil dìreach na eadar-theangachadh den churraicealam Bheurla. An lùib seo bidh leantainneachd ann an togail cànan, ionnsachadh mu eachdraidh na h-Alba, beartas cultar na Gàidhlig is dòighean-smaoineachaidh sònraichte ceangailte ris a' Ghàidhlig, mar an dàimh is dleastanas a thaobh na h-àrainneachd a tha an lùib *dùthchas*. Dh'fhaodadh gu bheil e comasach ceangal a dhèanamh eadar seo is 3.5.5.

#### Ceangailte ri Prìomh Roinnean, tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.5.1 Fhad 's a tha sinn ag aithneachadh comas a' Phrògram Àiteachan Com-pàirteach aig Alba Chruthachail, bu chòir gun tèid Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig nàiseanta ullachadh a tha a' mìneachadh dhòighean son a bhith a' toirt taic is a' cur ris na cothroman eaconamach a th' ann dhaibhsan a tha ag obair anns na gnìomhachasan ealain is sgrìn far an i Gàidhlig am meadhan lìbhrigidh no far a bheil i ceangailte ris an obair a thathar a' dèanamh san t-seòrsa ealain aca.
- 3.5.2 Mar aithne air cho cudromach 's a tha craoladh is na meadhanan didseatach gu h-eaconamach, sòisealta is a thaobh foghlaim, bu chòir maoinachadh a bharrachd a bhith ri fhaighinn son MG ALBA, is eile, gus a dhèanamh comasach do dhaoine measgachadh de phrògraman ùra a leasachadh, le barrachd dhiubh air an dèanamh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, son an craoladh air telebhisean, radio agus air seirbheisean didseatach le poileasaidh cànan làidir a thogas cleachdadh na Gàidhlig is le fo-thiotalan mar roghainn.
- 3.5.3 Gum bu chòir leantainn leis a' chompàirteachas a stèidhich VisitScotland gus taic a thoirt do thurasachd Ghàidhlig le farsaingeachd mhòr de bhuidhnean ag obair gus piseach a thoirt air na cothroman a th' ann do luchd-tadhail eòlas a chur air a' Ghàidhlig.
- 3.5.4 Gum bu chòir measgachadh de chothroman trèanaidh gnìomhachais a chruthachadh son daoine ullachadh a dhol a dh'obair 's na meadhanan, chun na h-ìre as motha as urrainnear tro mheadhan na Gàidhlig, gus barrachd chothroman fastaidh a chruthachadh, cur ri cleachdadh na Gàidhlig is gus sgilean ionnsachadh do dhaoine a thèid a chur an sàs ann an iomadh dreuchd.
- 3.5.5 A' leantainn air na chaidh iarraidh san aithisg *Ecosystem Services and Gaelic* a dh'fhoillsich NàdarAlba ann an 2021, gun tèid rannsachadh a bharrachd a dhèanamh air an àite aig cànan is cultar na Gàidhlig, is an ceangal aca ri tìr na Gàidhealtachd, ann a bhith a' brosnachadh fèin-urram, slàinte is math dhaoine le sùil air piseach a thoirt air eòlas, cothroman is a bhith a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach a bhuineas ris an àrainneachd nàdarach.
- 3.5.6 A thuilleadh air na molaidhean sònraichte ann an 3.5.1-3.5.5, gum bu chòir cothroman eaconamach a bhith air an neartachadh tro bhith ag àrdachadh na taice a th' ann do bhuidhnean is companaidhean Gàidhlig is Gàidheil fa leth a tha ag obair thairis na prìomh roinnean gu lèir gus solar a leudachadh, barrachd dhaoine fhastadh is coimhearsnachdan a neartachadh buileach.



## 2 Ro-Ràdh

### 2.1 A' Bhuidheann-obrach Gheàrr-bheatha

Annas a' Mhàrt 2022 ghairm Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh Buidheann-obrach Gheàrr-bheatha (a' bhuidheann) leis an amas Gàidhlig a neartachadh tro bhith a' cur fòcas air cothroman eaconamach is an eaconamaidh a neartachadh tro bhith a' deanamh lan-fheum de na cothroman a th' ann a thaobh na Gàidhlig. Chaidh faighneachd don bhuidhinn a dhol an sàs san obair seo le neartachadh choimhearsnachdan Gàidhlig mar phrìomh amas. Chaidh iarraidh oirre beachdachadh air molaidhean is far am bu chòir iad sin a chur an sàs. Tha an raon-ùghdarras slàn ri lorg ann an Leas-phàipear 1.

Mar bhuill na buidhne bha Agnes Rennie, Art MacCarraig, an Comhairliche Calum Rothach, Faye NicLeòid, Iain MacRuairidh, Iseabail Nic an t-Sagairt is Joanna Peteranna. Cha robh e comasach dha Iain MacRuairidh a bhith a' frithealadh choinneamhan na buidhne. B' i Iseabail Nic an t-Sagairt cathraiche na buidhne chun 30 Lùnastal 2022 nuair a dh'fhàg i a' bhuidheann 's i air tòiseachadh ann an dreuchd ghnìomha ùr. Bha Art MacCarraig na chathraiche den bhuidhinn às dèidh a' chinn-là ud.

Bu mhiann leis a' bhuidhinn taing a thoirt do dh'Iseabail airson an luach is spionnadh cudromach a thug i don bhuidhinn aig toiseach a' phròiseis. Taing, cuideachd, do gach neach a chuir ris is do cho-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba a thug taic don bhuidhinn.

Ged a bha an dùil gun coinnicheadh a' bhuidheann 6 tursan, bha meud na h-obrach a' ciallachadh gun robh sgrùdadh is clàr-ama nas fhaide a dhìth. Choinnich a' bhuidheann 18 tursan.

A thuilleadh air eòlas is fiosrachadh sònraichte nam ball, bheachdaich a' bhuidheann air puingean sgrìobhte is labhairteach bho Bhòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd & nan Eilean (IGE), oifigearan Riaghaltas na Cuimrigh is cuideachd daoine fa leth is buidhnean eile. Bha a' bhuidheann cuideachd mothachail air a' mheasgachadh de bheachdan a tha an lùib an deasbaid mun fheum a th' ann son taic nas fheàrr don Ghàidhlig, is cuideachd na h-innealan a th' ann an-dràsta gus taic a chur ri sin. Tha sinn taingeil dhaibhsan uile a chuir ris an obair againn is co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba son comhairle tron phròiseas air fad.

### 2.2 Lèirsinn agus Mineachaidhean

Tha a' bhuidheann an dùil gu bheil deagh thuigse aig daoine air luach chultarail na Gàidhlig. Tha e na bhuannachd do dh'Alba measgachadh de chultaran a bhith aice is am measgachadh seo a' fàs. Ach tha a' bhuidheann den bheachd, leis gu bheil Gàidhlig na pàirt shònraichte de dhualchas na dùthcha, gum bu chòir taic a chur ri gach oidhirp airson dèanamh cinnteach gun cùm daoine orra ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig.

Tha an *Ro-innleachd Nàiseanta son Cruth-atharrachadh Eaconamach* airson cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan dùthchail air feadh Alba is i a' mìneachadh amas Riaghaltas na h-Alba gum bi aon de na h-eaconamaidhean as soirbheachaile is fàs-mhoire san t-saoghal againn, far am bi cinnt ann gum faigh Alba gu lèir buannachd bho na th' air a chosg air sgilean is gnìomhachasan airson an ama ri teachd.

Tha a' bhuidheann a' cur fàilte air mar a tha an ro-innleachd a' cur cuideam air a bhith a' cur ri beartas choimhearsnachdan mar dhòigh dèiligeadh ri dùbhlain eaconamach fad-ùineach is cruth-atharrachadh a thoirt air eaconamaidhean ionadail is sgìreil na h-Alba. An lùib seo thathar an dùil gum faicear an roinn phoblach ag obair leis na roinnean prìobhaideach is choimhearsnachd agus leis

an treas roinn, gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd beartais air a chruthachadh is air a chumail ann an coimhearsnachdan is àitichean ionadail.

Bu chòir prìomhachas a thoirt do mhiannan nan daoine ann a bhith a' togail choimhearsnachdan soirbheachail far an urrainn Gàidhlig a bhith air a cleachdadh. Dh'fhaodadh cothroman gus buaidh a thoirt air an eaconamaidh ionadail, agus barrachd bhunnachdan bhon bheartas a tha air a chruthachadh le taic bhon choimhearsnachd, a bhith nan adhbharan brosnachaidh nach beag do choimhearsnachdan gus gnìomhan a dhèanamh.

Chan urrainn sgaradh a dhèanamh eadar gnìomhan eaconamach is cultarail. Tha tachartasan cultarail a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba agus ri dàimh shòisealta choimhearsnachdan is cothroman cleachdaidh na Gàidhlig. Tha an canan gu sònraichte tarraingeach do dhaoine a tha tadhal air Alba is cuideachd a' cur ris an eaconamaidh. A thaobh planadh cànan, tha buaidh aig inbhe na Gàidhlig air a' mhiann a th' aig daoine gus Gàidhlig a chleachdadh. Gu tric 's urrainn cothroman eaconamach is cur-seachadan sòisealta misneachd a thoirt do dhaoine sgilean Gàidhlig a thogail no barrachd feum a dhèanamh dhiubh.

Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, leis an fhòcas aige air cothroman eaconamach is neartachadh na h-eaconamaidh, b' e an lèirsinn air na dh'aontaich a' bhuidheann gun tèid:

- Gàidhlig a chleachdadh barrachd gus buannachdan eaconamach a chruthachadh
- Àrdachadh fhaicinn ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig
- Àrdachadh fhaicinn anns na suidheachaidhean sòisealta far a bheil cothrom ann Gàidhlig a chleachdadh

### **2.3 Dùbhlain Mu Choinneamh na Gàidhlig**

Chaidh a' bhuidheann seo a ghairm aig àm far an robh measgachadh de dhùbhlain mu choinneamh na Gàidhlig, nan coimhearsnachdan dùthchail is na h-eaconamaidh. Tha iad seo uile ceangailte is, ged nach eil iad ùr, tha mòran deasbaid air a bhith ann 's na bliadhnaichean mu dheireadh mu mar a dh'fheumas coimhearsnachdan Gàidhlig a bhith air an neartachadh. Bha a' bhuidheann mothachail air na cùisean seo 's iad ag ullachadh am molaidhean.

Fiù 's ann an sgìrean far a bheil an slugh air fad air fàs, thèid a dhearbhadh le tomhasan sluaigh gu bheil an àireamh de dhaoine òga air crìonadh. Tha an duilgheadas fiù 's nas miosa ann an àitichean far a bheil an slugh fhathast a' dol sìos, le droch bhuaidh air àireamhan sgoilearan. Bidh seo an uair sin a' toirt buaidh air an àireimh de sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig, mar eisimpleir, ris a bheil sinn gu ìre an urra son obraichean Gàidhlig a lìonadh san àm ri teachd. Mar sin, tha uallach gu leòr an lùib a bhith a' glèidheadh àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig mus tèid beachdachadh air dòighean far an tèid na h-àireamhan ud a thogail.

Tha taic don Ghàidhlig air fàs anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, mar a chithear tron àireimh de theaghlaichean a tha a' cur an cuid chloinne gu foghlam Gàidhlig, na h-àireamhan a tha a' dol gu tachartasan ealain Gàidhlig, àireamhan luchd-amhairc BBC ALBA, luchd-èisteachd BBC Radio nan Gàidheal is feadhainn a tha a' cleachdadh Gàidhlig air meadhanan didseatach is, gu h-àraid, na h-àireamhan fìor mhòr an sàs ann an ionnsachadh inbich tro Duolingo is SpeakGaelic.

A dh'aindeoin seo, tha gu leòr fhathast a' cur sìos air a' Ghàidhlig, mar as trice nuair a thèid maoinachadh a bhuileachadh air iomairtean sònraichte. Tha cunnart ann gum faodadh an droch fhaireachdainn seo buaidh a thoirt air an taic leantainn a bheir luchd-poilitigs don Ghàidhlig. A rèir

coltais chan eil sin dualtach tachairt aig an àm seo, ach feumar cur an aghaidh mì-rùn don Ghàidhlig aig a h-uile cothrom.

Ged a bhiodh e coltach nach eil Gàidheil – luchd-labhairt na Gàidhlig – gu sònraichte air an dìon fo Achd na Co-ionannachd 2010, thuirt am Morair Bracadal anns an *Independent Review of Hate Crime Legislation in Scotland*: “there is a fairly strong argument that Gaelic speaking Gaels belong to an ‘ethnic group’ within the meaning of the current race aggravation.” Ann an cùis far an robh mì-rùn an aghaidh luchd-labhairt na Gàidhlig a’ cunntadh mar choire eucorach, cho-dhùn e gum b’ urrainn beachdachadh air casaidean fon reachdas a th’ ann an-dràsta. Tha a’ bhuidheann a’ creidsinn gur e cùis cheartais a th’ ann fòcas a chur air feumalachdan luchd-labhairt na Gàidhlig, mar mhion-shluagh, a tha eadar-dhealaichte bho fheumalachdan dhaoine nach eil a’ bruidhinn a’ chàinain.

Leis an uallach a th’ air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig ullachadh, tha iad fo dhleastanas reachdail taic a thoirt don Ghàidhlig. Gu ìre tha obair na h-uimhir bhuidhnean a tha an sàs ann a bhith a’ cur taic ri Gàidhlig a’ toirt dhaibh an t-in-ghabhaltas is iomadachd a tha buidhnean poblach a’ sireadh.

A rèir nam puingean gu h-àrd, tha a’ bhuidheann an dùil nach eil ceist ann gun urrainn feumalachdan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bhith air an aithneachadh ann an co-theacsa co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltas.

Chaidh a’ bhuidheann a stèidheachadh fhad ‘s a bha an co-chomhairleachadh air a’ Phlana Ghàidhlig Nàiseanta 2023-2028 a’ dol is chaidh beachdachadh air na molaidhean an lùib sin gus co-dhùnaidhean a ruighinn. Tha Riaghaltas na h-Alba fhèin air crìoch a chur bhon uair sin air co-chomhairleachadh mu a chuid mholaidhean son taic a thoirt do Ghàidhlig is Albais san àm ri teachd. Tha seo a’ leantainn air na geallaidhean a nochd ann am manifesto an SNP ro thaghadh Pàrlamaid na h-Alba ann an 2021.

Tha a’ bhuidheann a’ creidsinn gu bheil cothroman an lùib Planaichean Gàidhlig na roinne poblaiche nach deach a ghabhail fhathast son taic a chur ri coimhearsnachdan Gàidhlig, a thuilleadh air Plana Nàiseanta nan Eilean is Aonta nan Eilean a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid. Air a chur an cèill anns na co-dhùnaidhean tha beachd na buidhne gu bheil oidhirp a dhìth a dh’ionnsaigh Phlanaichean Gàidhlig nas brìgheil anns am faighear geallaidhean nas soilleire is nas àrd-amasaiche còmhla ri dòighean a bhith cinnteach gun tèid an libhrigeadh, a’ gabhail a-steach taic-airgid a bharrachd.

Cha eil teagamh aig a’ bhuidhinn gu bheil Gàidhlig fhathast ann an suidheachadh fìor chugallach. Tha cruaidh fheum, am measg nam buidhnean as urrainn atharrachaidhean taiceil a thoirt gu buil, gun tèid èiginn an t-suidheachaidh aithneachadh gus a bhith cinnteach gun tèid cor a’ chàinain a ghlèidheadh san àm ri teachd.

#### **2.4 Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig**

Bha e na prìomh amas don bhuidhinn gnìomhan a mholadh a neartaicheadh coimhearsnachdan Gàidhlig. Mhìnich a’ bhuidheann gur iad na Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig an fheadhainn uile anns Na h-Eileanan Siar, an t-Eilean Sgitheanach is cuid a sgìrean ann an Loch Aillse, Tiriodh, Ìle agus Diùra – àitichean far a bheil, a rèir cunntas-sluaigh 2011, 20% no barrachd den t-sluaigh le sgìlean Gàidhlig.

Tha grunn de na molaidhean nach buin gu sònraichte ris a’ Ghàidhlig, ach ri bhith a’ toirt piseach air na cùisean a dhèanadh e comasach do luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith a’ fuireach ‘s ag obair ‘s na

coimhearsnachdan ud. Ann a bhith a' glèidheadh dhaoine anns na h-àitichean ud is a' brosnachadh dhaoine a bhith a' tilleadh thuca, dheigheadh cothroman sòisealta son cleachdadh a' chànain a chruthachadh còmhla ri buannachdan eaconamach do na coimhearsnachdan.

Ann a bhith a' cur molaidhean na buidhne an gnìomh tha e air a ghabhail ris gum faodadh buaidh shònraichte a bhith ann air coimhearsnachdan le àireamh mhòr sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig. Ach bidh feadhainn a cheart cho buntainneach ri coimhearsnachdan Gàidhlig den a h-uile seòrsa air feadh Alba. Tha a' bhuidheann a' creidsinn gum bu chòir taic a bhith fhathast ann do dh'oidhirpean gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba, ach gu bheil taic a bharrachd a dhìth anns na coimhearsnachdan aithnichte mar Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

## 2.5 Cothroman

Chan eil teagamh ann mu na dùbhlain a tha mu choinneamh na Gàidhlig, ach bu chòir iad seo a bhith air an cleachdadh mar chothroman do choimhearsnachdan den a h-uile seòrsa, gu h-àraid iadsan far am b' urrainn cleachdadh làitheil a' chanain a bhith air a neartachadh.

Tha a' bhuidheann a' cur fàilte air an deagh adhartas a chaidh a choisinn ann an iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig thar nan 40 bliadhna a chaidh seachad. Mar fhianais air an adhartas sin tha mar a chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh, taic nas fheàrr do choimhearsnachdan, mar a tha na h-ealain Ghàidhlig air èirigh, leasachaidhean anns na meadhanan, measgachadh de phlanaichean is dòighean a th' air nochdadh gus taic a thoirt don Ghàidhlig is cuideachd mar a chaidh Roinn na Gàidhlig is Albais a stèidheachadh aig Riaghaltas na h-Alba.

Fhad 's a tha a' bhuidheann ag aithneachadh taic Riaghaltas na h-Alba bho chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh, agus an iomairt *Adhartas nas Luaithe* aige, tha a' bhuidheann a' faireachdainn gu bheil èiginneachd a bharrachd a dhìth gus dèanamh cinnteach gun tèid cothroman a thoirt gu buil gu ìre shlàn.

Tha maoinachadh don Ghàidhlig a' cur ri libhrigeadh Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba, 's e a' suathadh ris a h-uile buil nàiseanta, mar a leanas:

- Tha sinn a' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan
- Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmach is sàbhailte
- Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cuir an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing
- Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmach
- Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta
- Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd
- Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine
- Tha sinn fallain agus gnìomhach
- Tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho leth-bhreith
- Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuidh gu h-eadar-nàiseanta
- Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne

Chaidh *Ar Stòras Gàidhlig* a choimiseanadh le IGE ann an compàirteachas le Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Dualchas Nàdair na h-Alba (a-nis NàdarAlba), Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle nan Eilean Siar.

Mar thoiseach tòiseachaidh chaidh bun-sgrùdadh fhoillseachadh anns a' Chèitean 2014 gus measadh a dhèanamh air àite na Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach is sòisealta. Lorg e gum b' urrainn don Ghàidhlig a bhith na so-mhaoin do eaconamaidh na h-Alba aig am biodh luach eaconamach de eadar £81.6m is £148.5m.

Chan eil an aithisg seo na h-oidhirp ùrachadh a dhèanamh air *Ar Stòras Gàidhlig* ged a tha a' bhuidheann den bheachd gur e sin obair a bu chòir a dhèanamh uaireigin san àm ri teachd, aon uair 's gu bheil cuid de mholaidhean na buidhne air am buileachadh. Tha a' bhuidheann a' creidsinn gu bheil cothroman ann son Gàidhlig a chleachdadh barrachd thairis air measgachadh de ghnìomhachasan is iomairtean sòisealta, ach feumar dèanamh follaiseach do ghnìomhachasan gu bheil buannachdan ann dhaibhsan agus don luchd-obrach aca. Ma tha cùisean air an ullachadh gu h-iomchaidh son coimhearsnachdan a neartachadh, a thaobh bun-structair is teicneòlais, bu chòir gun gabh barrachd Gàidhlig a chleachdadh an lùib sheirbheisean poblach is gnìomhachasan prìobhaideach.

Ach, anns a' gheàrr is meadhan-ùine, tha a' bhuidheann a' creidsinn gu bheil measgachadh de Phrìomh Roinnean ann anns a bheil cothroman son Gàidhlig a chleachdadh ann an gnìomhachas, is gu sòisealta, agus bhon tig buannachdan eaconamach. Is ged nach eil foghlam Gàidhlig mar as àbhaist air aithneachadh mar ghnìomh eaconamach, tha a' bhuidheann den bheachd gu bheil sin cuideachd a' cruthachadh chothroman eaconamach is sòisealta.

Le bhith a' cur nam molaidhean seo an cèill, tha a' bhuidheann air beachd a ghabhail air atharrachaidhean a dh'fhaodadh nochdadh ann am poileasaidhean cànan is cuideachd gnìomhan a bhios a' dèiligeadh ri gnothaichean nas fharsainge aig a bheil buaidh air seasmhachd na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd.

Tha measgachadh math de dhòighean ann gus taic a thoirt don Ghàidhlig is feumaidh iad seo a bhith air an tuigsinn is air an cur gu feum chun na h-ìre as motha as urrainnear. Nam measg tha:

- Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980
- Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba is msaa 2000
- Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
- Stiùireadh air Planaichean Gàidhlig
- Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010
- Achd na Co-ionannachd 2010
- Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig
- Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016
- Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016
- Achd nan Eilean (Alba) 2018
- Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23
- Dreachd de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28
- Plana Nàiseanta nan Eilean
- Ro-innleachd Chultarach airson Alba (2022)
- Aonta nan Eilean (2023)
- Gealltanasan Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba an-dràsta
- Ro-innleachd Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba son Cruth-atharrachadh Eaconamach (NSET)

- Compàirteachas Eaconamach Sgìreil na Gàidhealtachd agus nan Eilean (REP)
- Comhairle Choimisean Fearainn na h-Alba do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean fearainn
- Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba 2022
- Gealltanasan a thaobh na Gàidhlig a-rinn an SNP, is pàrtaidhean eile, ro thaghadh Pàrlamaid na h-Alba 2021
- An deagh-rùn don Ghàidhlig a tha ri lorg eadar na pàrtaidhean ann am Pàrlamaid na h-Alba

Dh'fhaodadh gum feum beachdachadh air innealan a bharrachd a tha a dhìth gus cuid de mholaidhean na buidhne a libhrigeadh, a' gabhail a-steach atharrachaidhean reachdais 's mathaid a nochdas bho cho-chomhairleachadh Riaghaltas na h-Alba air Gàidhlig is Albais.

## 2.6 Àrdachadh Maoineachaidh

Tha a' bhuidheann a' toirt làn-aithne dha na sruthan maoineachaidh a tha Riaghaltas na h-Alba a' tabhann gu dìreach, is gu neo-dhìreach tro Bhòrd na Gàidhlig, is buaidh na th' air a chosg le buidhnean leithid a' BhBC, MG ALBA, IGE, Alba Chruthachail, NàdarAlba is measgachadh de dh'ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach eile.

A dh'aindeoin seo, tha a' bhuidheann gu làidir dhen bheachd gu bheil àrdachadh a dhìth gach cuid anns na tha Riaghaltas na h-Alba fhèin a' cosg is ann am buidseat Bhòrd na Gàidhlig gus fàs eaconamach a bhrosnachadh is gus am bi buaidh na Gàidhlig cho mòr 's as urrainnear a thaobh chùisean sòisealta is math dhaoine.

Tha a' bhuidheann cuideachd fìor mhothachail den t-suidheachadh eaconamach dhoirbh anns a bheil Riaghaltas na h-Alba ag obair. A dh'aindeoin seo, ge-tà, cha robh taic ionmhasail an riaghaltais don Ghàidhlig a' cumail suas ri ìre na h-atmhorachd ro na reataichean àrda a th' ann an-dràsta is chan urrainnear sùileachadh gu bheil na figearan as ìsle, a bha an ìre mhath stèidhichte ann an 2005-06, aig ìre iomchaidh sa chiad àite.

Anns an ùine bhon uair sin, tha àrdachadh air bhith ann mean air mhean – ris a bheil fàilte – is chaidh suimeannan fa leth a thoirt do dh'iomairtean sònraichte. Ach, o chionn ghoirid sheall sgrùdadh den mhaoineachadh a tha Bòrd na Gàidhlig a' faighinn bho Riaghaltas na h-Alba gum biodh sin a-nis nas fhaisge air £10m an àite an £5.2m a tha iad a' faighinn – nam biodh e air àrdachadh a rèir ìre na h-atmhorachd bho 2007-08. Chan eil an sgeama riatanach airson *Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig* air àrdachadh fhaicinn a bharrachd – is mòran ùghdarrasan ionadail an urra ris airson nan seirbheisean foghlaim Gàidhlig aca. Ged a bu chòir barrachd de na thathar a' cosg air a' Ghàidhlig a bhith mar phàirt de bhuidseatan àbhaisteach bhuidhnean, thathar an dùil gum feum seirbheisean foghlaim ùra a bhith air a mhaoineachadh son ùine mhath fhathast.

Gus adhartas nas brìgheil a choisinn às leth na Gàidhlig tha a' bhuidheann a' creidsinn gu bheil maoineachadh nas àirde is nas seasmhaiche a dhìth son a h-uile pàirt de dh'ath-bheothachadh a' chànain. Tha a' bhuidheann a' creidsinn gun tig barrachd bhuannachdan eaconamach is sòisealta bho thuilleadh maoineachaidh, mar a chithear ann an eadar-theachdan eile gus fàs eaconamach a bhrosnachadh.

Leis an t-suidheachadh eaconamach fharsaing, bu chòir co-dhùnaidhean co-obrachail, cruthachail a shireadh gus maoineachadh a bharrachd a ghlèidheadh air feadh na roinne poblaiche, an àite dìreach bhon riaghaltas a-mhàin. Anns an treas roinn, cuideachd, tha cothrom air àireamh mhòr de mhaoinean-urrais is bu chòir rannsachadh a dhèanamh air maoineachadh a' Chrannchuir Nàiseanta a thaobh nan amasan anns an *Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach*.

Feumaidh sinn feitheamh air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh a chùim Riaghaltas na h-Alba o chionn ghoirid mun taic a gheibh Gàidhlig is Albais san àm ri teachd. Ach, ma tha cor na Gàidhlig gu bhith air a ghlèidheadh san àm ri teachd is ma tha e gu bhith na chomas dhi làn-bhuaidh a thoirt air cùisean eaconamach is sòisealta, tha a' bhuidheann a' sùileachadh gum bi measgachadh de mhaoineachadh a bharrachd is innealan ùra ann son taic a chur ri leasachadh na Gàidhlig. An lùib seo bu chòir gum bi buidseatan nas motha do Roinn Ghàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba gus am bi e comasach dhaibh taic a chur ri barrachd obrach agus sin a dhèanamh a rèir bun-stèidhe sheasmhaich. Cuideachd, mar phàirt de seo, bu chòir gum faigh Bòrd na Gàidhlig am maoineachadh freagarrach a tha a dhith air gus an t-àite cudromach a th' aige a-nis, mar a' phrìomh bhuidheann phoblach airson leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart, a choileanadh.

## **2.7 Nithean a bheir buaidh air Cothroman Eaconamach is Sòisealta na Gàidhlig**

Bha obair na buidhne air a stiùireadh le anailis PESTLE (Poilitigeach, Eaconamach, Sòisio-eòlach, Teicneòlach, Laghail is Àrainneachd), a bheir nithean nas fharsainghe fa-near aig am bi buaidh air, no comas buaidh a thoirt air, cothroman eaconamach is sòisealta na Gàidhlig. Leis cho teann 's a bha an ùine dh'fheumadh seo a bhith aig àrd-ìre ach bha an obair na stiùir luachmhor ann a bhith a' cur cumadh ri molaidhean na buidhne.

## **2.8 A' Sgrùdadh Adhartais**

Tha a' bhuidheann airson a bhith cinnteach gun tèid a molaidhean a chur an sàs taobh a-staigh chlàran-ama reusanta. Chuireadh i fàilte air dòighean-obrach gus dèanamh cinnteach gun urrainn adhartas a bhith air a sgrùdadh.

Ged a dh'fhaodadh seo a bhith taobh a-muigh an raoin-ùghdarras a chaidh aontachadh, tha a' bhuidheann deònach a bhith an sàs ann an sgrùdaidhean adhartais cunbhalach, air an aon seòrsa bunait 's a chaidh a chleachdadh son measgachadh de sgrùdaidhean eile a chaidh a choimiseanadh gus molaidhean a dhèanamh mu atharrachaidhean no leasachaidhean anns an roinn phoblach.

## 3 Molaidhean

Tha na molaidhean air an seòrsachadh is tha a' buidheann a' sealltainn, a rèir an raoin-ùghdarrais, dè a' bhuidheann – no buidhnean – aig am bu chòir dleastanas a bhith gus gach moladh sònraichte a thoirt air adhart, is cuideachd an t-òrdugh anns am bu chòir an cuir an sàs mar a leanas:

**Sa bhad**

Gnìomh èiginneach a dhìth san ùine ghoirid

**Meadhan-ùine**

Gnìomh a dhìth sa mheadhan-ùine

**Ùine fhada**

Gnìomh a dhìth san ùine nas fhaide

Chan eil a' bhuidheann air mìneachadh dè a tha 'sa bhad', 'meadhan-ùine', is 'ùine fhada' a' ciallachadh ach, mar a chithear ann an 2.5, thathar an dùil gun nochd èiginneachd ùr ann an leasachadh na Gàidhlig.

### 3.1 Sluagh agus Bun-structar

Tha an *Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh Eaconamach* airson eaconamaidh a thogail a tha ag obair a chum maith dhaoine is a tha stèidhichte air prionnsapalan de phiseach, co-ionannachd, seasmhachd is dìongmhaltas. Mhair a' Ghàidhlig air sgàth gu bheil i dìongmhalta is daingeann ach tha seasmhachd is co-ionannachd riatanach.

Chaidh Compàirteachas Eaconamach Sgìreil airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean (REP) a stèidheachadh gus taic a chur ri co-obrachadh air cùisean ro-innleachdail a thaobh a bhith a' fàs eaconamaidh na sgìre. Tha a' Ghàidhlig air a h-aithneachadh leis an REP mar aon de neartan cultarail brìgheil an àite.

Tha mòran de na dùbhlain mu choinneamh cleachdadh a' chànain ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig ceangailte ri tàladh is glèidheadh sluaigh. Às aonais bun-structair leithid taigheadais iomchaidh is ceanglaichean còmhdhail anns an gabh earbsa a chur, is cuideachd comas-ceangail didseatach, chan urrainnear sluagh a ghlèidheadh no cur ri àireamh an t-sluaigh. Tha seo na chunnart do sheasmhachd nan coimhearsnachdan ud is, air sgàth sin, na chunnart do Ghàidhlig mar chànain coimhearsnachd.

A rèir rannsachaidh le IGE tha miann a' fàs am measg dhaoine òga gus cumail orra a' fuireach san sgìre no gluasad thuice – ach gus seo a bhith comasach dhaibh tha cùisean an crochadh air factaran eadar-dhealaichte leithid ìrean tuarastail matha, obraichean is taigheadas math, cosgaisean bith-beò ìosal (aig àm an rannsachaidh) is cothroman adhartas a choisinn anns na dreuchdan aca.

Tha a' bhuidheann mothachail den chuideam a tha na h-Eileanan Fàrach a' cur air ceanglaichean nas fheàrr – an dà chuid didseatach is còmhdhail tro phrògram togail son tunailean – is a bhith a' dèiligeadh le eilthireachd. Mar eisimpleir, chan eil iad gan sanasachd fhèin tuilleadh mar làraich thurasachd a-mhàin, 's e a th' ann a-nis: sàr àite a bhith a' fuireach is ag obair agus air am bi luchd-turais air an dòigh tadhal.

Bhruidhinn a' bhuidheann ri riochdairean Riaghaltas na Cuimrigh aig a bheil grunn iomairtean – nam measg, Coimisean ùr son Coimhearsnachdan na Cuimris, a tha a' toirt ri chèile eòlaichean gus molaidhean poileasaidh a chur an cèill a bhios a' dìon is a' neartachadh Cuimris mar chànain coimhearsnachd.



Bha ùidh mhòr gu h-àraidh aig a' bhuidhinn san 'sgeama cothrom ceart' saor-thoileach, a bhios a' cuideachadh dhaoine co-dhùnaidhean a ruighinn mu mar a reiceas iad an cuid fearainn no thaighean, tro bhith a' toirt cead do shanasachd aig ìre ionadail a-mhàin son ùine shuidhichte. Chuir a' bhuidheann fàilte air an t-seòrsa iomairt seo, is cuideachd am miann a bh' ann obrachadh le buidhnean-reic thaighean gus a bhith a' seachnadh cainnt mu luach thaighean mar dàrna dachaigh.

Thug a' bhuidheann fa-near cuideachd do dh'iomairtean a tha air soirbheachadh, m.e. sgeama Comhairle na Gàidhealtachd gus taighean prìobhaideach a cheannach, aig an robh amas mu 100 dachaigh a thoirt seachad ro dheireadh 2022, ged a thugadh fa-near nach robh an sgeama seo air a bhith cho soirbheachail ann an sgìrean dùthchail. Gus fìor bhuidhean a bhith aig sgeama den t-seòrsa seo ann an sgìre dhùthchail mar an t-Eilean Sgitheanach dh'fheumadh ullachadh as ùr gus aire a thoirt do phrìsean taighe nas àirde.

Bheachdaich a' bhuidheann air a' *Chomhairle do Mhinistearan na h-Alba* a thaobh chìsean a rinn Coimisean Fearainn na h-Alba. Ged a tha an t-uamhas de na h-innealan reachdais fhathast glèidhte aig Westminster, tha fhathast cumhachdan cìse tiomnaichte aig Pàrlamaid na h-Alba a b' urrainn a chur gu feum gus fuasgladh fhaighinn air cuid de na duilgheadasan sluaigh is bun-structair a tha ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Buinidh cuid ri Cìsean airson Fearann is Togalaichean a Cheannach. Buinidh cuid ri ath-leasachaidhean air Reataichean Gnothachais gus cleachdadh as ùr a bhrosnachadh air làraichean falamh is trèigte. Thathar a' moladh cuideachd gum b' urrainn daoine a bhith air am brosnachadh gus feum as ùr a dhèanamh de làraichean a th' air a bhith falamh son ùine fhada nan deigheadh lasachadh a bharrachd a thoirt air Reataichean Gnothachais is cìsean comhairle. Buinidh fear eile ri beachdachadh air cumhachd ùr a bheireadh comas do dh'ùghdarrasan ionadail Reataichean Gnothachais a chumail son fearann no togalaichean nach eil air a bhith trèigte fada gus an cùm daoine orra gan càradh.

Dh'fhaodadh ath-leasachaidhean mar seo cur ris an iomadachd dhaoine aig a bheil fearann no taigh is b' urrainn dha a bhith luachmhor ann a bhith a' cur ris an taic a th' ann do Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig. Le bhith ag obair ann an dlùth-chomann gus fuasglaidhean fhaighinn air cùisean is toiseach tòiseachaidh cothromach a chruthachadh, b' urrainn gun nochdadh suidheachaidhean far an tigeadh fàs air cleachdadh na Gàidhlig a-rithist, gu sòisealta is a thaobh gnìomhachais, anns na coimhearsnachdan ud.

Mar sin, tha a' bhuidheann a' creidsinn gu bheil measgachadh de ghnìomhan a dhìth gus dèiligeadh ris a' ghainneadh thaighean aig prìs reusanta, a' gabhail a-steach ciamar is cò dha a tha taigheadas sòisealta air a thoirt seachad ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig. Bu chòir gun tèid feum a dhèanamh de chumhachdan cìse tiomnaichte is ath-leasachadh fearainn gus a dhèanamh comasach do dhaoine òga fuireach ann am, is tilleadh gu, Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig. Bu chòir gun tèid obraichean a chruthachadh, no a ghluasad, gu na coimhearsnachdan sin gus am bi iad nas seasmaiche. Bu chòir taic-airgid is làraichean obrach a bhith ann do ghnìomhachasan le ceangal don Ghàidhlig, is sin gu h-àraid ceangailte ri mar a bhios iad a' cleachdadh a' chàinain.

Bu chòir na h-eileamaidean sin a bhith an teas-meadhan beachdachadh sam bith air sgìre 'Gàidhealtachd' oifigeil, ris a bheil a' bhuidheann a' cur taic ann am prionnsapal, ged a tha mineachadh fhathast a dhìth. Faic cuideachd 3.3.

Ceangailte ri **Sluagh agus Bun-structar** tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.1.1 Mar èiginneachd, thèid dèiligeadh ri dùbhlain bun-structair – taigheadas, còmhdhail is comas-ceangail didseatach – a lagaicheas ‘an cothrom gus tòiseachadh air stèidh cho-ionann’ son amasan NSET.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**HITRANS**  
**Còmhdhail Alba**  
**HIAL**  
**IGE**  
**Coimisean Fearainn na h-Alba**  
**Coimisean na Croitearachd**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**  
**Urrasan Coimhearsnachd**  
**Comainn Taigheadais**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.1.2 Beachdaichidh Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean air a’ bhuidh mhi-chothromach a b’ urrainn gainnead taigheadais aig prìs reusanta toirt air coimhearsnachdan Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean nas sùbailte ann is gun tèid taigheadas a thoirt seachad nas luaithe.

Prìomh Bhuidheann  
**Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**  
**Buidhnean Poblach iomchaidh**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.1.3 Bu chòir fòcas Tionnsgainneachd NSET a bhith air a leudachadh gu Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig gus taic a thoirt do luchd-tionnsgain Gàidhlig le brosnachaidhean a bharrachd is taic son ghnòthachasan a th’ air ùr-thòiseachadh.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**IGE**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.1.4 Thèid coimhead air ‘sgeama cothrom ceart’ saor-thoileach son a bhith a’ reic thaighean, far a bheilear a’ toirt cuireadh do bhuidhnean iomchaidh obrachadh le buidhnean-reic thaighean gus an gabh taigheadas a thoirt seachad a-rèir feum.

Prìomh Bhuidheann  
**Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean**

Buidhnean eile  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**  
**Buidhnean Poblach iomchaidh**

Clàr-ama

Sa bhad

- 3.1.5 Thèid sgeama a chruthachadh gus taic a chur ri seasmhachd Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig tro bhith a' tabhann ghrantaichean a nì e comasach do dhaoine air tuarastal ìosal no meadhanach sealbh fhaighinn air an dachaighean fhèin – an dà chuid sealbh fhaighinn air làrach son togail no àite a cheannach is a leasachadh a th' ann mu thràth gus a chleachdadh mar an aon àite còmhnaidh aca. 'S dòcha gum b' urrainnear seo a dhèanamh tro bhith a' dèanamh feum eadar-dhealaichte de phrògraman a tha mu thràth aig na Maoinean Taigheadais Dhùthchail is Eileanach.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**  
**Urrasan Coimhearsnachd**  
**Comainn Taigheadais**

Clàr-ama

Sa bhad

- 3.1.6 Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir uachdarain mìneachadh is sealltainn mar a tha iad a' cur taic ris a' chànan anns na h-aithrisean aca air Còraichean is Dleastanasan Fearainn, agus iad gu h-àraid a' toirt fianais air iomairtean is taic do phròiseactan a tha a' libhrigeadh thoraidhean sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Coimisean Fearainn na h-Alba**  
**IGE**  
**Uachdarain fhearainn a' gabhail a-steach**  
**buidhnean-iomairt poblach**

Clàr-ama

Sa bhad

- 3.1.7 Bu chòir gum bi gu leòr thaighean rim faighinn aig prìs reusanta. Còmhla ri seo bidh ro-innleachd shoilleir ann a nì cinnteach gu bheil sluagh air a ghlèidheadh agus gu bheil slatan-tomhais ann son taighean a thoirt seachad, 's e na amas cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh is cothroman air a' chànan a chruthachadh ann an coimhearsnachdan le àireamh nach beag de luchd-labhairt, is a' mhòr-chuid dhiubh sin sna Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Ùghdarrasan Ionadail**  
**IGE**  
**Comainn Taigheadais**  
**Taigheadas Dùthchail na h-Alba**

- 3.1.8 Le bhith ag aithneachadh neartan cultarail brìgheil na sgìre, Gàidhlig nam measg, bu chòir do Chompairteachas Eaconamach Sgìreil na Gàidhealtachd is nan Eilean plana sòiseo-eaconamach sònraichte a dhealbh a tha stèidhichte air a bhith a' toirt taic do is fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

Prìomh Bhuidheann

**Compairteachas Eaconamach Sgìreil (REP)**

Buidhnean eile

**Buill a' Chompairteachais Eaconamaich Sgìreil**

- 3.1.9 Thèid beachdachadh air 'sgìrean eaconamach Gàidhlig', a' tabhann lasachadh chìsean a bhios a' gabhail a-steach (ach chan iad seo a-mhàin) lasachadh na cìse luach-leasaichte (VAT) is reataichean do ghnòthachasan a tha an sàs ann an gnìomhan ceangailte ri Gàidhlig no a sheallas buaidh Ghàidhlig bhrìgheil. B' urrainn iad seo a bhith ceangailte ris a' Ghàidhealtachd oifigeil a thathar am beachd stèidheachadh no pàirt sam bith de dh'Alba le gnòthachas freagarrach.

Prìomh Bhuidheann

**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile

**Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte  
Teachd a-Steach Alba  
HMRC  
IGE  
Iomairt na h-Alba  
Iomairt Cheann a Deas na h-Alba**

- 3.1.10 An toiseach, bu chòir beachdachadh air na h-Eileanan Siar is an t-Eilean Sgitheanach airson dòigh-obrach le àrainn thionnsgalach a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig, UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall, is na gnìomhachasan cruthachail am measg feadhainn eile. B' urrainn ceannas a bhith aig leithid a dh'àrainn ann a bhith a' sireadh fhuasglaidhean a thaobh mhion-chànanan a dheigheadh a sgaoileadh air feadh an t-saoghail is a chur an sàs ann an àitichean eile gus barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh.

Prìomh Bhuidheann

**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile

**OGE  
Sabhal Mòr Ostaig  
MG ALBA  
BBC ALBA  
BBC Radio nan Gàidheal  
Alba Chruthachail  
Sgrìn Alba  
Comhairle nan Eilean Siar**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.1.11 Ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, bu chòir cùisean a thaobh taigheadais is so-mhaoinean fo shealbh na coimhearsnachd a th' air an adhbhrachadh la bàs gun tiomnadh a bhith air an toirt am follais is bu chòir iomairtean leithid comhairle còir-sheilbh Choimisean na Croitearachd a bhith air a sgaoileadh gu fad is farsaing.

Prìomh Bhuidheann  
**Coimisean na Croitearachd**

Buidhnean eile  
**IGE**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**  
**Urras Taigheadais nan Coimhearsnachdan**  
**Luchd-lagha is Buidhnean-reic Thaighean**  
**Leasachadh Co-obrachail na h-Alba**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.1.12 Bu chòir beachdachadh a bheil buidheann-ghnìomha a dh'fhàg tuilleadh measaidh a dhèanamh air a h-uile taobh de phoileasaidhean poblach is a' bhuidheann a th' aca air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig – air an aon sheòrsa stèidhe ri Coimisean nan Coimhearsnachdan Cuimris a chaidh a stèidheachadh o chionn greis.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**NHS na h-Alba**  
**Bùird Slàinte Iomchaidh**  
**Buidhnean Poblach Iomchaidh**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**

Clàr-ama

**Ùine fhada**

### 3.2 An Roinn Phoblach & Planaichean Gàidhlig

Tro Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 tha uallach air Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh. Tha cuideachd cumhachd aig a' Bhòrd iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh.

Dh'fhaodar a ràdh gu bheil, anns na 15 bliadhna mu dheireadh, mòran sheirbheisean is grunn leasachaidhean bun-structair air nochdadh ri linn phlanaichean Gàidhlig is tha fàilte air an adhartas sin. Ach, aig an aon àm, tha e na bhriseadh-dùil gun deach cothroman a chall air sgàth 's nach robh cuid a bhuidhnean poblach a' cur am planaichean an sàs mar bu chòir. Nuair a thachras sin, 's e glè bheag roghainn a th' ann a chur ceart ach fios a chur gu Ministearan na h-Alba as urrainn an uair sin roghnachadh ìmpidh a chur air buidheann phoblach gealltanasan a' phlana aca a thoirt gu buil.

Chunnaic sinn gluasad ann am Planaichean Gàidhlig na roinne poblaiche a chum targaidean nas lugha is nas fhasa. Gus fìor atharrachadh a thoirt air cor a' chàinain tha gealltanasan nas susbaintiche a dhìth. Às an seo thigeadh cuideachd tuilleadh chothroman obrach a chruthaicheadh barrachd beairteis aig am biodh a' bhuidheann a bu motha nan deigheadh an suidheachadh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air an *Stiùireadh Reachdail airson Planaichean Gàidhlig* is inbhe reachdail na sgrìobhainn a bhith air a dhèanamh follaiseach do bhuidhnean poblach gus am bi tuigse nas fheàrr aca air. Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig a bhith nas dàna 's iad ag aontachadh cheumnan le buidhnean poblach gus a bhith cinnteach gun tig na toraidhean as fheàrr bho na Planaichean Gàidhlig.

Tha e fìor chudromach, aon uair 's gu bheil planaichean nas lèirsinniche ann le targaidean brìgheil, nas soilleire, gu bheil inneal ceart is iomchaidh ann gus a bhith cinnteach gun tèid na planaichean a thoirt gu buil.

Ceangailte ri **Roinn Phoblach is Planaichean Gàidhlig** tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.2.1 Far a bheil dleastanas aig buidheann Plana Gàidhlig ullachadh is raon-ùghdarras aca anns a bheil cothrom son fàs eaconamach, feumaidh iad beachdachadh air ro-innleachd son Gàidhlig *mar stòras* is sin a chur an cèill san obair aca a thuilleadh air an toraidhean corporra.

Prìomh Buidheann  
**Bòrd na Gàidhlig**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**IGE**  
**Iomairt na h-Alba**  
**Iomairt Cheann a Deas na h-Alba**  
**Buidhnean Poblach iomchaidh**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.2.2 Gun tèid siostam nam planaichean Gàidhlig a sgrùdadh gus a bhith cinnteach gun tèid geallaidhean nas làidire a libhrigeadh, siostam anns am bi taic do phlanaichean ullaichte gu saor-thoileach, às aonais iarrtas bho Bhòrd na Gàidhlig, a dh'fhaodadh deagh bhuidheann a thoirt air coimhearsnachdan is cuideachadh le libhrigeadh mholaidhean nam planaichean reachdail.

Prìomh Buidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.2.3 Gun tèid an *Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig* a sgrùdadh le sùil air planaichean nas àrd-amasaiche agus a bhith a' neartachadh sgrùdadh is libhrigeadh nam planaichean.

Prìomh Buidheann

Buidhnean eile

Clàr-ama

Meadhan-ùine

- 3.2.4 Gum bu chòir reachdas a bhith air a neartachadh gus a bhith cinnteach gun tèid planaichean a libhrigeadh is gun tèid beachdachadh air an fheum son Coimiseanair na Gàidhlig aig am biodh cumhachd sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha buidhnean poblach a' cumail ri ullachaidhean an reachdais.

Prìomh Buidheann  
Riaghaltas na h-Alba

Buidhnean eile  
Pàrlamaid na h-Alba  
Bòrd na Gàidhlig  
Buidhnean Poblach Iomchaidh  
Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh

Clàr-ama

Meadhan-ùine

- 3.2.5 Gum bu chòir gum feum iomairtean ann am prìomh roinnean, a tha a' faighinn airgead poblach, sealltainn gu bheil iad mothachail air a' Ghàidhlig ann am bathar/seirbheisean, agus/no margaideachd, no feumaidh iad mìneachadh carson a tha iad ga fàgail às.

Prìomh Buidheann  
Riaghaltas na h-Alba

Buidhnean eile  
IGE  
Alba Chruthachail  
Sgrìn Alba  
Bòrd na Gàidhlig  
NàdarAlba  
Àrainneachd Eachdraidheil Alba (AEA)  
SpòrsAlba  
Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh

Clàr-ama

Meadhan-ùine

- 3.2.6 Gum bu chòir ùrachadh a dhèanamh air *Ar Stòras Gàidhlig* gus am faighear an dealbh as ùire de dh'fhàs eaconamach ceangailte ri Gàidhlig bho chaidh a' chiad sgrùdadh fhoillseachadh ann an 2014.

Prìomh Buidheann  
IGE

Buidhnean eile  
Bòrd na Gàidhlig  
Alba Chruthachail  
NàdarAlba  
Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh

Clàr-ama

Ùine fhada

### 3.3 Coimhearsnachdan

Buinidh mòran de mholaidhean na buidhne anns na h-earrannan gu h-àrd ri neartachadh seasmhachd nam Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig is choimhearsnachdan eile far a bheil an cànan air a bruidhinn. B' urrainn coimhearsnachdan beòthail, fallain cothroman is miann a bharrachd a nochdadh son cleachdadh na Gàidhlig. Dh'fhaodadh gun tigeadh an uair sin tuilleadh bhuannachdan eaconamach, maith is sòisealta às an sin.

Ach, chan urrainnear sùileachadh gun tachair sin leis fhèin, is bidh fhathast feum air measgachadh de ghnìomhan is iomairtean gus taic a chur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an co-theacsa sòisealta is cuideachd daoine a dhèanamh nas comasaiche a bhith nas innleachdaiche anns na nì iad às leth na coimhearsnachd.

San fharsaingeachd tha a' bhuidheann a' cur taic ri bhith a' comharrachadh sgìrean Gàidhealtachd oifigeil, ged a tha feum air mìneachadh mionaideach fhathast air dè th' annta. Taobh a-staigh Gàidhealtachd, tha a' bhuidheann den bheachd gum bu chòir gun tèid a shùileachadh gum bi foghlam, cur-seachadan sòisealta is measgachadh mòr de sheirbheisean rim faighinn tron Ghàidhlig. Bu chòir gun tèid a shùileachadh cuideachd gum bi poileasaidhean poblach, gu h-àraid iomairtean leithid Planadh Àite Ionadail is Measaidhean Buaidhe nan Eilean, mothachail de dh'fheumalachdan cànan sgìrean a bu chòir a bhith air an comharrachadh gus na feumalachdan ud a chur am follais.

Anns a' chiad àite, feumaidh comas is cothrom obrach a bhith aig daoine a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan ud. Feumar obraichean a chruthachadh, no a chumail, ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig is bu chòir gun tèid Gàidhlig a chomharrachadh mar sgil riatanach annta. Bu chòir gun tèid gnìomhachasan anns na coimhearsnachdan ud a bhrosnachadh – tro lasachadh chisean, taic gus so-mhaoinean a thoirt fo shealbh is làraichean obrach fhaighinn aig prìs reusanta – gus barrachd obraichean a chruthachadh, cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart san àite-obrach is eileamaidean de chultar na Gàidhlig a shanasachd sa bhathar a tha iad a' reic.

Son deichean de bhliadhnaichean tha pàirt air a bhith aig luchd-brosnachaidh coimhearsnachd ann a bhith a' neartachadh choimhearsnachdan. Gus iadsan a thàladh a bhios ag obair gu sònraichte ann an dreuchdan Gàidhlig bidh feum air meud de chinnt gur e obair thèarainte a bhios aca. Tha taic fad-ùine a dhith dha na dreuchdan ud, is cuideachd dh'fhaodadh taic is cothroman air trèanadh iomchaidh cuideachadh le bhith a' glèidheadh dhaoine sna sgìrean.

Tha fianais ann gu bheil gainnead cùraim-chloinne ann an cuid a choimhearsnachdan eileanach a' cur stad air daoine bho bhith a' fuireach 's ag obair annta. Cluinnear cuideachd fianais air cuid a chinn-chròileigean is Luchd-taic Sgoilearan a' taghadh a bhith nan tidsearan air sgàth an deagh eòlais a chuir iad air a bhith ag obair le cloinn ann an suidheachaidhean nan tràth-bliadhnaichean is sgoile. Leis an seo, 's urrainnear sùileachadh gum b' urrainnear fuasgladh fhaighinn air cuid a dhùbhlain a th' ann an lùib feachd-obrach is foghlaim (faic 3.4) tro sholar cùraim-chloinne nas fheàrr is tuilleadh chothroman obrach 's na sgoiltean.

Tha roinn a' Chùraim Shlàinte is Shòisealta cuideachd cudromach ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig far am bu chòir cùram a bhith ri fhaighinn anns a' chànan a b' fheàrr le mòran, is nochdaidh obraichean far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh.



Tha feum air tuigse nas fheàrr air an luach shòisealta a tha ri lorg am broinn choimhearsnachdan: na dòighean anns a bheil daoine ann an coimhearsnachdan ag obair còmhla ri chèile gus cùisean a leasachadh is an dlùth-cheangal a tha na ghlaodh is na thogail do bheatha na coimhearsnachd. Bu chòir, chun na h-ìre as motha as urrainnear, gun tig co-dhùnaidhean mu leasachadh a' chànain ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig bho na daoine a tha a' fuireach annta is bu chòir gur e a' choimhearsnachd a gheibh buannachd asta. Chun na h-ìre as motha as urrainnear, bu chòir gum bi riochdachairean coimhearsnachd air a h-uile buidheann phoblach aig am bi buaidh air na h-àitichean anns a bheil iad a' fuireach.

Feumar ionmhas a chosg air làraichean ùra far an gabh tachartasan Gàidhlig, agus tachartasan sòisealta eile, a chumail a bhios a' cur ri misneachd choimhearsnachdan, gnìomhan eaconamach a bharrachd is glèidheadh sluaigh. Aig an aon àm, bu chòir gum faighear cothrom aig prìs reusanta air goireasan a th' ann mu thràth, leithid sgoiltean, gus an urrainn measgachadh nas motha de chur-seachadan Gàidhlig is ionnsachadh inbhich a bhith ann.

Bu chòir dòigh a bhith ann tron tèid fàilte a chur air daoine a tha a' tighinn a dh'fhuireach ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig agus anns am bi fiosrachadh mu chudromachd na Gàidhlig, na buannachdan a thig bho fhoghlam Gàidhlig is brosnachadh do dhaoine gus urram a thoirt don chànan is pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan sòisealta Gàidhlig.

Ceangailte ri **Coimhearsnachdan** tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.3.1 Gum bu chòir lìonra de dh'Oifigearan Gàidhlig a gheibhear taic cheart a chumail suas thairis air ùine mhaireannach gus an urrainn dhaibh measgachadh de dh'iomairtean sòisealta Gàidhlig a bhrosnachadh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig is àitichean eile. B' urrainn measgachadh de dhòighean riaghlaidh a bhith an sàs, ach bu chòir cothroman ionnsachaidh a bhith an lùib nan dreuchdan.

Prìomh Buidheann  
**Bòrd na Gàidhlig**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**IGE**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**  
**Buidhnean Gàidhlig**  
**Urrasan Coimhearsnachd**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.3.2 Gum bu chòir seirbheisean cùraim-chloinne freagarrach a bhith rim faighinn ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, le trèanadh iomchaidh tro mheadhan na Gàidhlig do chinn-cròileagain, tro phreantasachdan bun-ìre is dòighean eile, ann an dòighean-obrach bogaidh gus a bhith cinnteach gu bheil uimhir a phàrantan 's a tha ag iarraidh saor a bhith ag obair. Cuideachd, dh'fhaodadh na seirbheisean sin a bhith mar shlighe a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Prìomh Buidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Leasachadh Sgìlean na h-Alba**  
**Sabhal Mòr Ostaig**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.3.3 Gum bu chòir dreuchdan na roinne poblaiche ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, cho fad 's as urrainnear, a bhith air an aithneachadh mar fheadhainn anns a bheil Gàidhlig riatanach, gu h-àraid iadsan a tha ann am prìomh roinnean a tha a' tabhann nan cothroman as motha a thaobh bhuannachdan sòisealta is eaconamach don Ghàidhlig. Bu chòir gun tèid Gàidhlig a chomharrachadh mar rud riatanach ann an dreuchd phoblach eileanach sam bith a tha ga choileanadh aig astar.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**  
**Buidhnean Poblach Iomchaidh**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.3.4 Gum bu chòir trèanadh tionnsgainneach is mothachadh de ghnothaichean buntainneach ann am planadh cànan a bhith air an tabhann do bhuidhnean Gàidhlig is buidhnean na treas-roinne leithid urrasan coimhearsnachd is dualchais, a thuilleadh air lìonra nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig, gus a bhith cinnteach gu bheil taic nas fheàrr is comas nas freagarraiche aca airson cothroman eaconamach is sòisealta a thoirt gu buil aig ìre na coimhearsnachd.

Prìomh Bhuidheann  
**Bòrd na Gàidhlig**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**IGE**  
**Buidhnean Gàidhlig**  
**Urrasan Coimhearsnachd**  
**Urrasan Dualchais**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**Acadamaidh nan Iomairtean Sòisealta**  
**Fearann Coimhearsnachd na h-Alba**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.3.5 Tha cothroman son bhuannachdan eaconamach cudromach san Roinn Chùraim Shòisealta is Slàinte – a thuilleadh air buannachdan cànan is maith. Mar sin bu chòir gun tèid cothroman a leasachadh anns an roinn son trèanadh agus libhrigeadh sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig – gu h-àraid ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail. B' urrainn seo tòiseachadh ann an sgoiltean tro leudachadh ann am Preantasachdan Bun-ìre tron Ghàidhlig, a tha mu thràth rim faighinn ann an cùram-chloinne is sna meadhanan ann an àireamh bheag de sgoiltean.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Leasachadh Sgilean na h-Alba**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**OGE a Tuath, an Iar & Innse Gall**  
**Bùird Slàinte Iomchaidh**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

- 3.3.6 Bu chòir gu bheil taic ann do choimhearsnachdan a bhith a’ cruthachadh no a’ gabhail sealbh air goireasan far am faighear làraichean anns an nochdadh gnìomhan eaconamach is a chruthaicheadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta – no gum faighear cothrom air làraichean a tha mu thràth ann, leithid sgoiltean sa choimhearsnachd.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**IGE**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**  
**Oighreachd a’ Chrùin ann an Alba**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

- 3.3.7 Chun na h-ìre as motha as urrainnear ann am pròiseas nan dreuchdan poblach, bu chòir dòigh a bhith ann son trusadh taiceil a dhèanamh airson luchd-còmhnaidh Gàidhlig, ionadail air bùird bhuidhnean poblach is comataidhean eile a tha an sàs ann an gnìomhan a bheir buaidh air Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Coimiseanair nan Inbhean Beusach ann am Beatha Phoblach**  
**Buidhnean Poblach Iomchaidh**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

- 3.3.8 Gum bu chòir beachdachadh air a’ chomas a bharrachd a dh’fhaodadh a bhith aig Oifigearan Tuineachaidh – a bhios a’ toirt taic do dhaoine gus gluasad gu, is bhith a’ fuireach ann an, coimhearsnachdan eileanach – cudromachd a’ chànain ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig a chur am follais, a thuilleadh air a bhith ag ath-thuineachadh dhaoine aig ìrean eadar-dhealaichte fhad ‘s a tha iad a’ gluasad.

Prìomh Bhuidheann  
**Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh**  
**IGE**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

- 3.3.9 Ann an stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mu mholaidhean son Planaichean Àite Ionadail a stèidheachadh, bu chòir *Sgìrean Cànain Sònraichte* a chomharrachadh far am feum eadar-theachd poileasaidh 's mathaid taic is neart a chur ris a' Ghàidhlig. Bhiodh leasachadh is neartachadh comas-gnìomh is compàirteachadh coimhearsnachd na phrìomh amas an seo.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Buidhnean Coimhearsnachd iomchaidh**  
**Urrasan Coimhearsnachd**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

- 3.3.10 Leis an fheum laghail son Measaidhean Buaidh nan Coimhearsnachdan Eileanach, bu chòir dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh ceart a dhèanamh air buaidhean cànain is bu chòir stiùireadh deagh-chleachdaidh a bhith ri fhaighinn son cho-chomhairleachaidhean coimhearsnachd gus an tèid an cur an sàs ann an dòigh a tha mothachail de dh'fheumalachdan na Gàidhlig ann an co-theacsa Phlanaichean Àite Ionadail.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Buidhnean Coimhearsnachd iomchaidh**  
**Urrasan Coimhearsnachd**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama **Meadhan-ùine**

---

### 3.4 Foghlam

Gu tric, thèid foghlam aithneachadh mar chòir, no seirbheis choitcheann, ach thig cuideachd soirbheachas eaconamach às. Tha iadsan a th' air am fastadh gus foghlam a leasachadh is a libhrigeadh a' cur ri eaconamaidh an àite far a bheil iad a' fuireach 's ag obair. Ann an eaconamaidh a th' air a leasachadh gu àrd ìre 's e foghlam is trèanadh feachd-obrach na h-Alba nithean aig a bheil buaidh mhòr air soirbheachadh eaconamaidh na dùthcha.

Thig cothroman sòisealta is eaconamach brìgheil bho bhith a' leasachadh is a' leudachadh foghlam na Gàidhlig aig gach ìre is tha a' bhuidheann a' creidsinn gum bu chòir cothrom air foghlam Gàidhlig a bhith stèidhichte san lagh. Tha sinn ag aithneachadh gum faodadh e a bhith na dhùbhlàn àireamhan luchd-obrach gu leòr a thrusadh. Ach, bhiodh còir laghail – fiù 's còir a bha an urra ri cùisean nas fharsaingean anns a' chiad àite – na shamhla cumhachdach den mhiann a th' ann son a leithid.

Air sgàth Sabhal Mòr Ostaig thàinig ath-bheothachadh air Rubha Shlèite san Eilean Sgitheanach. Tha Ionad Chaluim Chille Ìle is Cnoc Soilleir ann an Uibhist a Deas a' tabhann cothroman ionnsachaidh is làraichean sònraichte son chur-seachadan is thachartasan Gàidhlig anns an dà eilean ud. Bha leasachadh nam buidhnean ud stèidhichte air leasachadh thogalaichean is air sgàth sin, is air sgàth sgoiltean ùra a chaidh a stèidheachadh, thàinig obraichean togail is glèidhidh a bha nam

buannachdan eaconamach sa gheàrr-ùine ach thig buannachdan thairis air ùine nas fhaide bho na h-obraichean a nochdas bho na pròiseactan calpa sin.

'S e an t-adhbhar as cudromaiche a tha feum air leudachadh air foghlam Gàidhlig gum bi barrachd luchd-labhairt misneachail is foghlamaichte ann. 'S mathaid gun cleachd cuid an cànan gu sòisealta is mar sin gun cuir iad gu luachmhor ri beatha Ghàidhlig na coimhearsnachd. Dh'fhaodadh cuid eile a bhith an sàs ann a bhith a' cruthachadh gnìomhachd eaconamach tro bhith a' cleachdadh a' chànain sa ghniomhachas aca, no ann a bhith a' toirt sheirbheisean poblach seachad le bhith a' lionadh àireamh de dhreuchdan ceangailte ri Gàidhlig a bhios a' fàs, is am measg sin bidh teagasg. Bidh cuid den seo an urra ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an coimhearsnachd sam bith, air an dùthaich no ann am baile, bidh sgoil a tha a' fastadh thidsearan Gàidhlig a' cruthachadh bhuannachdan eaconamach a thuilleadh air a bhith na h-àite son a bhith a' coinneachadh is a' conaltradh tron chànan. Thig deagh bhuaidh eaconamach à barrachd obraichean foghlaim sa h-uile seòrsa coimhearsnachd. Ann an coimhearsnachdan dùthchail is eileanach leithid iadsan a th' air an aithneachadh leis a' bhuidhinn mar Phrìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig bidh buaidh nas motha buileach aig dreuchdan anns am faighear – an coimeas ri cuid eile – tuarastal math. Thairis air an ùine fhada thig luach bho bhith a' leudachadh foghlam Gàidhlig is anns a' gheàrr-ùine thig buannachdan is gnìomhan eaconamach bho na h-obraichean togail a thèid a chruthachadh le bhith a' stèidheachadh sheirbheisean foghlaim ùra.

Tha a' bhuidheann a' gabhail làn-ealla ris na dùbhlain feachd-obrach a th' ann, ach chan e foghlam Gàidhlig a-mhàin a tha a' fulang le gainnead thidsearan. Tha feum air fuasglaidhean cruthachail leithid bhrosnachaidhean airgid, den t-seòrsa a tha mu thràth air an cleachdadh son rudan eile – mar eisimpleir, an gainnead thidsearan son cuspairean STEM. B' urrainn Preantasachdan Bun-ìre Gàidhlig miann a thoirt do dhaoine òga a dhol a dh'obair le òigridh is b' urrainn dhaibh an uair sin slighe a leantainn a theagasg – rud a dh'fhaodadh tachairt cuideachd le cothroman anns na h-ealain agus spòrs. Ach barrachd air rud sam bith, feumaidh teagasg sa Ghàidhlig a bhith na roghainn tharraingeach. 'S e a tha fìor chudromach le sin, gum bithear a' toirt làn thaice is ghoireasan freagarrach do thidsearan Gàidhlig son a h-uile pàirt den obair aca.

Bu chòir gun urrainn pàrantan sùileachadh gu reusanta gum bi leantainneachd ann eadar a h-uile ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha feum air leudachadh aig a h-uile ìre – ach gu h-àraid aig ìre na h-àrd-sgoile.

Ged a tha daoine gu math mothachail air na trioblaidean trusaidh, tha feum air barrachd taice gus dèanamh cinnteach gun urrainn ùghdarrasan ionadail a bhith a' toirt chothroman nas fheàrr seachad air foghlam Gàidhlig 's na h-àrd-sgoiltean. Dheigheadh am miann sin a dhèanamh glè fhollaiseach tro bhith a' comharrachadh cuid a sgoiltean mar sgoiltean meadhan na Gàidhlig, ged a bhiodh ùine a dhìth gus an leithid a leasachadh ann an cuid dhiubh. Tha feadhainn ann, ge tà, mar Àrd-sgoil Phort Rìgh, a b' urrainn a bhith air an leasachadh gu luath mar ionad nàiseanta son sàr-mhaitheis ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le taic iomchaidh a bharrachd bhon ùghdarras ionadail.

Tha a' buidheann a' creidsinn gum bu chòir àrd-sgoiltean ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, no àrd-sgoiltean anns na bailtean mòra dham bi na sgoilearan Gàidhlig a' dol, a bhith air an comharrachadh mar sgoiltean meadhan na Gàidhlig. A rèir seo, bhiodh an liosta a' gabhail a-steach Àrd-sgoil MhicNeacail, Sgoil an Tairbeirt, Sgoil Lìonacleit, Àrd-sgoil Bhàgh a' Chaisteil, Àrd-sgoil Phort Rìgh, Àrd-sgoil Loch Abar, Àrd-sgoil Thiriodh, Àrd-sgoil Ìle is Àrd-sgoil an Òbain. Ann an co-

theasca nam bailtean-mòra, tha àrd-sgoil comharraichte mu thràth ann an Glaschu, tha aon air a gealltainn ann an Dùn Èideann is bu chòir Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis a bhith air a comharrachadh.

Leis gu bheil a' Ghàidhlig air a teagasg tro ionnsachadh cànan stèidhichte air cleachdadh cànan tha tidsearan Gàidhlig fo uallach a bharrachd. Tha feum air taic nas fheàrr san t-seòmar-sgoile gus an urrainn tidsearan an t-amas a choileanadh, mìnichte san *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig*, gun urrainn do chloinn "an aon ìre fileantachd agus litearrachd a ruighinn ann an Gàidhlig agus Beurla, agus ìrean coileanadh fhreagarrach a ruighinn anns gach pàirt eile den churraicealam tron Ghàidhlig." Bu chòir cuideachadh a bharrachd san t-seòmar-sgoile aig a h-uile ìre, ach gu h-àraid san ìre bhogaidh, a bhith na phàirt de leasachaidhean a thèid a chur an sàs.

Ged a tha an *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig* na dheagh mhìneachadh air na bu chòir do phàrantan sùileachadh bho fhoghlam Gàidhlig, chan eil oifigearan nan ùghdarras ionadail is comhairlichean ro mhothachail air. Tha beàrnann ann cuideachd is bhiodh e math nan deigheadh ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an Stiùireadh is nan deigheadh mothachadh dhe a thogail am measg phàrantan, luchd-poileasaidh is solaraichean foghlaim.

A thuilleadh air càil eile, ma tha foghlam Gàidhlig a' dol a choileanadh a phrìomh amais aig an aon àm 's a tha e a' toirt bhuannachdan eaconamach is sòisealta seachad, feumaidh ionmhas is goireasan gu leòr a bhith ann dha. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-obrach cho math ri taic-ionmhais, agus cha bhi luchd-obrach ann gun ionmhas. Feumaidh maoinachadh son foghlam Gàidhlig a bhith air aithneachadh mar phàirt de phrìomh mhaoineachadh is cosgaisean coitcheann foghlam na h-Alba is feumar beachdachadh air feumalachdan na roinne ann am poileasaidhean foghlaim Riaghaltas na h-Alba gu lèir.

Ceangailte ri **Foghlam**, tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.4.1 Gus buannachdan eaconamach is foghlaim a làn-bhuileachadh feumar, mar èiginneachd, ro-innleachd a dhealbhadh a thòisicheas a' cur às don neo-ionannachd ann am foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, a tha na bhacadh air togail cànan agus misneachd gus an cànan a chleachdadh, leis an amas dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh farsaing de chuspairean ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig gu ìre teisteanais.

Prìomh Buidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**SQA (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Ùghdarrasan Ionadail**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.4.2 Mar èiginneachd, gun tèid iomairt ùr a thòiseachadh gus tidsearan ùra a thàladh is aig an aon àm a bhith gu gnìomhach a' feuchainn ri toirt air tidsearan a tha uidheamaichte gus teagasg ann an Gàidhlig, ach nach eil an-dràsta a' dèanamh sin, a thighinn a dh'obair ann am foghlam Gàidhlig. Dh'fhaodadh gum biodh gach iomairt a tha seo feumach air

brosnachaidhean maoinachaidh, iomairtean taice is togail misneachd gus cur ri tarraingeachd teagasg na Gàidhlig.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**GTCS**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.4.3 Chun na h-ìre as motha as urrainn, gum bu chòir foghlam thidsearan a bhith air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig le oidhirpean ùra com-pàirteach gus dèanamh cinnteach gu bheil foghlam Gàidhlig (i) air a bhrosnachadh bhon mheadhan agus (ii) air a dhèanamh cho ruigsinneach 's a ghabhas, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh ionnsachadh aig astar, cho fad 's nach eil sin a' lagachadh togail nan sgilean cànan Gàidhlig a tha a dhìth gus a bhith ag ullachadh thidsearan soirbheachail.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Comhairle Maoineachaidh na h-Alba**  
**Ionadan Foghlam Thidsearan**  
**GTCS**  
**SQA (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Ùghdarrasan Ionadail**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.4.4 Gum bu chòir taic fhreagarrach, chunbhalach a chur air dòigh do luchd-cleachdaidh nan tràth-bhliadhnaichean is tidsearan Gàidhlig gus piseach a thoirt air cùisean is glèidheadh luchd-obrach, a' gabhail a-steach dòighean bogaidh, ionnsachadh leantainneach fad-dreuchd ann an sgilean cànan is a bhith a' solaradh farsaingeachd nas motha de ghoireasan fìor mhath gus cur às don fheum a th' aig tidsearan a bhith a' cruthachadh uimhir de na stuthan teagaisg aca fhèin.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**OGE a Tuath, an Iar & Innse Gall**  
**Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Solaraidhean ghoireasan eile**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

- 3.4.5 Gun cùm measgachadh iomairtean orra a bhith a' faighinn taic gus ionnsachadh Gàidhlig am measg inbhich a chur air dòigh ann an coimhearsnachdan, sna meadhanan, air-loidhne agus ann an ionadan foghlaim adhartach agus àrd-ìre.

Prìomh Bhuidheann  
Riaghaltas na h-Alba

Buidhnean eile  
Sabhal Mòr Ostaig  
MG ALBA  
BBC ALBA  
BBC Radio nan Gàidheal  
Bòrd na Gàidhlig  
Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh  
OGE a Tuath, an Iar & Innse Gall

- 3.4.6 Gum bu chòir foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart aig a h-uile ìre, le cothrom air a leasachadh tro chòmhaidhail is teicneòlas, far a bheil sin freagarrach, is le aithne air na buannachdan eaconamach, is cuideachd foghlaim, a nochdas bho leasachadh agus leudachadh solair. Gu h-àraid, bu chòir beachdachadh air mar a b' urrainn còir laghail air foghlam Gàidhlig a stèidheachadh mar dhòigh a bhith cinnteach gun tèid solar a leudachadh is cothroman air a leasachadh.

Prìomh Bhuidheann  
Riaghaltas na h-Alba

Buidhnean eile  
Pàrlamaid na h-Alba  
Bòrd na Gàidhlig  
SQA (no a' bhuidheann a thig na àite)  
Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)  
Comhairle Maoineachaidh na h-Alba  
Ùghdarrasan Ionadail  
Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (COSLA)

- 3.4.7 Gus tòiseachadh air leasachadh a thoirt air na thathar a' tairgse son foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, bu chòir ùghdarrasan ionadail co-chomhairleachadh a dhèanamh air na cothroman a th' ann àrd-sgoiltean sònraichte a chomharrachadh mar sgoiltean Gàidhlig a b' urrainn dearbhadh, tro sgrùdadh bliadhna, gu bheil amasan soilleir aca son solar Gàidhlig a leasachadh aig ìre àrd-sgoile, fiù 's ma tha dùbhlain ann san ùine ghoirid.

Prìomh Bhuidheann  
Riaghaltas na h-Alba

Buidhnean eile  
Comhairle nan Eilean Siar  
Comhairle na Gàidhealtachd



Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.4.8 Gum bu chòir measgachadh de Phreantasachdan Bun-ùire tro mheadhan na Gàidhlig a bhith ri fhaighinn ann an AS5-6 do sgoilearan a tha airson dreuchdan a thoirt a-mach anns na tràth-bhliadhnaichean is cùram-sòisealta, sna gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh & deoch is an àrainneachd nàdarra far am biodh cleachdadh na Gàidhlig na bhuannachd no far am bite a' brosnachadh adhartachadh a' chànain.

Prìomh Bhuidheann  
**Leasachadh Sgilean na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**OGE a Tuath, an Iar & Innse Gall**  
**SQA (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Ùghdarrasan Ionadail**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.4.9 Gum bi teagasg na Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh riatanach son a h-uile sgoilear AS1-3 ann an àrd-sgoiltean anns na h-Eileanan Siar, san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse, Loch Abar Tiriodh is Ìle agus gum bi cothrom ann dhaibhsan a tha airson teisteanas fhaighinn ann an AS4-6. B' urrainn seo a bhith air a chur an gnìomh cuideachd ann an àiteichean eile far a bheil sgoilearan FTMG a' dol a-steach a dh'àrd-sgoiltean, mar eisimpleir Inbhir Nis, Glaschu agus Dùn Èideann.

Prìomh Bhuidheann  
**Riaghaltas na h-Alba**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**SQA (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.4.10 Gum bu chòir sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an *Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig* is an inbhe aige a bhith air a chur air adhart gu farsaing ann am foghlam na h-Alba le measgachadh de mhodhan-obrach gan cur an sàs, tro phoileasaidh, aithrisean bliadhnail is luchd-sgrùdaidh sgoiltean, gus a bhith cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail is luchd-poileasaidh foghlaim a' cumail gu dlùth ris na prionnsapalan aige.

Prìomh Bhuidheann  
Bòrd na Gàidhlig

Buidhnean eile  
Riaghaltas na h-Alba  
Comhairle Maoineachaidh na h-Alba  
GTCS  
SOA (no a' bhuidheann a thig na àite)  
Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)  
Comann nam Pàrant Nàiseanta  
Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.4.11 Gun tèid curraicealam Gàidhlig a leasachadh nach eil dìreach na eadar-theangachadh den churraicealam Bheurla. An lùib seo bidh leantainneachd ann an togail cànan, ionnsachadh mu eachdraidh na h-Alba, beartas cultar na Gàidhlig is dòighean-smaoineachaidh sònraichte ceangailte ris a' Ghàidhlig, mar an dàimh is dleastanas a thaobh na h-àrainneachd a tha an lùib *dùthchas*. Dh'fhaodadh gu bheil e comasach ceangal a dhèanamh eadar seo is 3.5.5.

Prìomh Bhuidheann  
Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)

Buidhnean eile  
Riaghaltas na h-Alba  
Bòrd na Gàidhlig  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig  
SOA (no a' bhuidheann a thig na àite)  
GTCS  
Ùghdarrasan Ionadail Iomchaidh  
Ionadan Foghlam Thidsearan  
NàdarAlba

Clàr-ama

**Ùine fhada**

### 3.5 Prìomh Roinnean

Tha a' bhuidheann den bheachd gur iad na prìomh roinnean anns a bheil na cothroman as fheàrr son cleachdadh sòisealta is buannachd eaconamach na Gàidhlig foghlam, seirbheisean poblach, na tràth-bhliadhnaichean is cùram sòisealta, na gnìomhachasan cruthachail, cultar, dualchas, turasachd, spòrs, biadh & deoch is an àrainneachd nàdarach.

Tha Roinn 3.3 a' mìneachadh mar a b' urrainn Planaichean Gàidhlig na bu lèirsinniche barrachd obraichean a chruthachadh san roinn phoblaich is tha 3.4 a' dèiligeadh ris na cothroman sòisealta is eaconamach a b' urrainn nochdadh bho leudachadh air foghlam Gàidhlig.

Bidh na gnìomhachasan cruthachail, nam measg craoladh is na h-ealain, a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba. A thaobh Gàidhlig, tha iad cudromach son obraichean is a bhith a' cruthachadh thoraidhean eaconamach.

Anns a' Mheasadh Bhuaidh Eaconamach mu dheireadh aig MG ALBA, mar eisimpleir, chithear gu bheil obair na buidhne a' cumail taic ri obraichean co-ionann ri 310 dreuchd làn-ùine (FTE). Bhon an seo thig cinneas an làn-luach (GVA) de £17.2m - £1.34 son gach £1 a th' air a thasgadh is e soilleir gu

Cothroman Eaconamach is Sòisealta don Ghàidhlig: Aithisg do Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas is na h-Eaconamaidh

bheil comas fais aig an sin fhathast. Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur taic ri obraichean co-ionann ri 116.5 dreuchd làn-ùine (FTE) air feadh Alba – agus tha 75 dhiubh sin air a' Ghàidhealtachd is anns na h-eileanan – agus tha teachd-a-steach luach mu £3m a' tighinn bho na h-obraichean sin gach bliadhna ann an Alba. Chaidh innse leis a' Chomunn Ghàidhealach gun tug Mòd Nàiseanta Rìoghail 2022 togail luach £2.5m ri eaconamaidh Pheairt thairis air naoi latha an tachartais. Rinn aithisg le Comhairle Ghlaschu ann an 2022 measadh air na gnìomhachasan cruthachail, còmhla ri dreuchdan ann am foghlam is san roinn phoblaich, is chaidh a thomhas gu bheil còrr air 700 obair co-ionann ri dreuchdan làn-ùine anns a' bhaile a tha an crochadh air a' Ghàidhlig. Nochd iad seo cinneas làn-luach de mu thimcheall air £21.6m sa bhliadhna do eaconamaidh Ghlaschu.

'S iad seo dìreach beagan de na gnìomhachasan cruthachail sam faighear cothroman son toraidhean eaconamach is sòisealta nas motha - tro bharrachd leasachaidh a dhèanamh air measgachadh de phròiseactan anns na meadhanan, ceòl, litreachas, taisbeanaidhean cleasachd is fèisean. Bhuineadh seo gach cuid ri buidhnean is daoine fa leth a tha ag obair no gan cur fhèin an cèill tron Ghàidhlig is iadsan dha a bheil a' Ghàidhlig na rud a tha a' cur ris no mar phàirt de dh'obair shònraichte.

Bidh na gnìomhachasan cruthachail is prìomh roinnean eile, a' gabhail a-steach spòrs is cur-seachadan air a' bhlàr a-muigh, a' cur gu mòr ri math dhaoine – rud a bha follaiseach rè staing a' Choròna-bhìorais. 'S iad cuideachd an dòigh tro bheil an t-uamhas dhaoine a' coinneachadh ris a' chànan son a' chiad uair no, mar a tha air a bhith follaiseach o chionn ghoirid, far an tòisich iad ag ionnsachadh a' chànan gu h-àraid mar inbhich.

Tha àrdachadh mòr ri fhaicinn ann an cur-seachadan dualchais, is turasachd ceangailte ri sin is cultar na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, le aon bhon h-uile trì ùir luchd-tadhail ag ràdh gu bheil ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mun Ghàidhlig nuair a thig iad a dh'Alba.

Fhad 's a tha iarrtas mòr ann son chothroman trom faigh daoine eòlas air a' bhlàr a-muigh, 's e an ceangal eadar cànan is cultar na Gàidhlig agus an àrainneachd nàdarraich rud trom b' urrainn tuilleadh fais tighinn. Feumaidh na th' air a thabhan do dhaoine a bhith air a leasachadh gus frithealadh air an iarrtas seo – bhrosnaicheadh seo daoine gu bhith a' cleachdadh barrachd Gàidhlig, chuireadh e ris an eaconamaidh is chuireadh e ri fèin-urram is math dhaoine.

Mar a chaidh a mhìneachadh le *Ar Stòras Gàidhlig*, 's urrainn cothroman turasachd a bhith a' buntainn ri margaidh labhairt no ionnsachaidh Ghàidhlig ionadail no ri margaidh nàiseanta is eadar-nàiseanta far a bheil àite na Gàidhlig a' cur ris na feartan sònraichte is tarraingeach a tha a' tàladh luchd-turais gu sgìrean sònraichte.

O chionn ghoirid tha fàs ri fhaicinn ann an cur-seachadan spòrs tron Ghàidhlig is tha seo air cur ri farsaingeachd nan suidheachaidhean san tèid Gàidhlig a chleachdadh gu sòisealta leis na buannachdan eaconamach, sòisealta is do mhath dhaoine a thig às an roinn seo. Tha seo fìor cuideachd a thaobh chur-seachadan air a' bhlàr a-muigh trom b' urrainn ceangal a bhith air a dhèanamh ri cànan is cultar na Gàidhlig.

Ceangailte ri **Prìomh Roinnean** tha a' bhuidheann a' moladh:

- 3.5.1 Fhad 's a tha sinn ag aithneachadh comas a' Phrògram Àiteachan Com-pàirteach aig Alba Chruthachail, bu chòir gun tèid Ro-innleachd Ealain Ghàidhlig nàiseanta ullachadh a tha a' mìneachadh dhòighean son a bhith a' toirt taic is a' cur ris na cothroman eaconamach a th' ann dhaibhsan a tha ag obair anns na gnìomhachasan ealain is sgrìn far an i Gàidhlig am

meadhan lìbhrigidh no far a bheil i ceangailte ris an obair a thathar a' dèanamh san t-seòrsa ealain aca.

Prìomh Bhuidheann  
**Alba Chruthachail**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**MG ALBA**  
**Sgrìn Alba**  
**EventScotland**  
**Companaidhean Gàidhlig**  
**Buidhnean Ealain Gàidhlig**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.5.2 Mar aithne air cho cudromach 's a tha craoladh is na meadhanan didseatach gu h-eaconamach, sòisealta is a thaobh foghlaim, bu chòir maoinachadh a bharrachd a bhith ri fhaighinn son MG ALBA, is eile, gus a dhèanamh comasach do dhaoine measgachadh de phrògraman ùra a leasachadh, le barrachd dhiubh air an dèanamh ann am Prìomh Choimhearsnachdan Gàidhlig, son an craoladh air telebhisean, radio agus air seirbheisean didseatach le poileasaidh cànan làidir a thogas cleachdadh na Gàidhlig is le fo-thiotalan mar roghainn.

Lead Bodies  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**MG ALBA**

Buidhnean eile  
**BBC**  
**Roinn a' Chultair, nam Meadhanan & Spòrs**  
**Alba Chruthachail**  
**Sgrìn Alba**  
**Craoladairean didseatach eile**

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.5.3 Gum bu chòir leantainn leis a' chompàirteachas a stèidhich VisitScotland gus taic a thoirt do thurasachd Ghàidhlig le farsaingeachd mhòr de bhuidhnean ag obair gus piseach a thoirt air na cothroman a th' ann do luchd-tadhail eòlas a chur air a' Ghàidhlig.

Prìomh Bhuidheann  
**VisitScotland**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Alba Chruthachail**  
**EventScotland**  
**AEA**  
**IGE**  
**MG ALBA**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**Buidhnean Gàidhlig**  
**Urrasan Dualchais**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

## Buidhnean Stiùiridh Cheann-ùidhe

Clàr-ama

**Sa bhad**

- 3.5.4 Gum bu chòir measgachadh de chothroman trèanaidh gnìomhachais a chruthachadh son daoine ullachadh a dhol a dh'obair 's na meadhanan, chun na h-ìre as motha as urrainnear tro mheadhan na Gàidhlig, gus barrachd chothroman fastaidh a chruthachadh, cur ri cleachdadh na Gàidhlig is gus sgilean ionnsachadh do dhaoine a thèid a chur an sàs ann an iomadh dreuchd.

Prìomh Buidheann  
**MG ALBA**

Buidhnean eile  
**Companaidhean Riochdachaidh Neo-eisimeileach**  
**Leasachadh Sgilean na h-Alba**  
**Sabhal Mòr Ostaig**  
**OGE**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.5.5 A' leantainn air na chaidh iarraidh san aithisg *Ecosystem Services and Gaelic* a dh'fhoillsich NàdarAlba ann an 2021, gun tèid rannsachadh a bharrachd a dhèanamh air an àite aig cànan is cultar na Gàidhlig, is an ceangal aca ri tìr na Gàidhealtachd, ann a bhith a' brosnachadh fèin-urram, slàinte is math dhaoine le sùil air piseach a thoirt air eòlas, cothroman is a bhith a' cruthachadh chothroman sòisealta is eaconamach a bhuineas ris an àrainneachd nàdarach.

Prìomh Buidheann  
**NàdarAlba**

Buidhnean eile  
**Riaghaltas na h-Alba**  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Ùghdarrasan Ionadail iomchaidh**

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

- 3.5.6 A thuilleadh air na molaidhean sònraichte ann an 3.5.1-3.5.5, gum bu chòir cothroman eaconamach a bhith air an neartachadh tro bhith ag àrdachadh na taice a th' ann do bhuidhnean is companaidhean Gàidhlig is Gàidheil fa leth a tha ag obair thairis na prìomh roinnean gu lèir gus solar a leudachadh, barrachd dhaoine fhadstadh is coimhearsnachdan a neartachadh buileach.

Prìomh Buidheann  
**IGE**

Buidhnean eile  
**Bòrd na Gàidhlig**  
**Alba Chruthachail**  
**VisitScotland**  
**Sgrìn Alba**  
**AEA**  
**Urrasan Dualchais**

Foghlam Alba (no a' bhuidheann a thig na àite)  
MG ALBA  
SpòrsAlba  
Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean leth-eisimeileach

Clàr-ama

**Meadhan-ùine**

---

## 4 A' cur molaidhean na buidhne an gnìomh

Chaidh iarraidh air a' bhuidhinn beachdachadh air molaidhean agus far am b' urrainn na molaidhean sin a stiùireadh. Cha deach iarraidh oirre plana ullachadh son buileachadh nam molaidhean. Chan eil an aithisg seo na roghainn eile an àite Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha a' cheist ann an uair sin: ciamar a thèid molaidhean na buidhne a chur an sàs?

Leis a' chuid as motha de na molaidhean bidh prìomh bhuidheann ag obair le buidhnean eile. Mar sin, dh'fhaodadh gur e aon dòigh obrach taghadh de phlanaichean nas lugha ullachadh eadar a' phrìomh bhuidheann is na buidhnean eile. Dh'fhaodadh gu bheil feadhainn de mholaidhean na buidhne a' co-fhreagairt air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28. Mur a h-eil, b' urrainnear an toirt a-steach dhan Phlana Nàiseanta ma tha sin comasach san ùine mus tèid aontachadh leis na Ministearan.

'S e dòigh-obrach eile – 's mathaid am fear as dualtaiche – gun ullaich Roinn Ghàidhlig is Albais Riaghaltas na h-Alba, còmhla ri co-obraichean anns a' Bhuidhinn-stiùiridh airson Leasachadh Eaconamach, plana-gnìomh son molaidhean na buidhne, gun dèan iad sgrùdadh air mar a tha buidhnean eile a' cur taic ris na molaidhean agus gun dèan iad cinnteach gun tèid na molaidhean a bhuileachadh.

Tha a' bhuidheann gu mòr airson gun tèid a molaidhean a bhuileachadh, le fiosrachadh soilleir air an adhartas a nithear, is thathar an dòchas gun lorgar dòigh-obrach a dh'adhbhraicheas cho beag ùpraid 's as urrainnear do na buidhnean Gàidhlig is poblach a tha mu thràth an sàs ann a bhith a' libhrigeadh measgachadh de phlanaichean is iomairtean. A dh'aindeoin seo, thèid cur ri uallach obrach nam buidhnean sin, is tha e cudromach gun aithnich a' bhuidheann sin is i a' cur a-steach a molaidhean.

Chuireadh a' bhuidheann fàilte air còmhradh a bharrachd a thaobh buileachaidh nam biodh sin feumail.

## **Leas-phàipear 1    Raon-ùghdarrais na buidhne bho Rùnaire a’ Chaibineit airson Ionmhas agus na h- Eaconamaidh**

‘S e a tha a’ bhuidheann seo a’ sùileachadh gum bu chòir dàimh a bhith ann eadar Gàidhlig is iomairtean sòisealta is eaconamach a tha na bhuannachd don dà chuid.

Bidh fòcas aig a’ bhuidhinn gus Gàidhlig a neartachadh tro bhith a’ cur fòcas air cothroman eaconamach is gus an eaconamaidh a neartachadh tro bhith a’ dèanamh an fheum as motha de chothroman Gàidhlig.

Gus an urrainn don bhuidhinn seo a dhèanamh bidh i airson còmhraidhean a chumail is beachd fhaighinn air na h-iomairtean Gàidhlig a chaidh a chur an sàs is aig an robh buannachdan sòisealta is eaconamach agus air na h-iomairtean nas fharsainge a chaidh a chur an sàs aig a bheil comas deagh bhuaidh a thoirt air a’ Ghàidhlig.

Tron obair seo, bidh a’ bhuidheann airson faighneachd dè na dòighean san urrainnear leudachadh air na cothroman seo, gus leasachaidhean a dhèanamh is togail air na th’ ann mu thràth.

Bidh a’ bhuidheann cuideachd ag iarraidh beachdachadh air dè na h-innealan is buidseatan a tha mu thràth ann gus adhartas a dhèanamh leis na rudan seo.

Bidh a’ bhuidheann cuideachd ag iarraidh fòcas a chur air cothroman ùra, beàrnan, cothroman nach eilear a’ gabhail.

Feumaidh a’ bhuidheann cuideachd beachdachadh air molaidhean is far am bu chòir na molaidhean seo a stiùireadh. Thèid na molaidhean fhoillseachadh.

Son clàr-ama, coinnichidh a’ bhuidheann sia tursan, le aon choinneamh gach mìos, is bidh molaidhean air an cur gu na ministearan as t-Fhoghar 2022.



## Leas-phàipear 2 Iomraidhean

'S e na leanas taghadh de dh'fhoillseachaidhean air na bheachdaich a' Bhuidheann fhad 's a bha iad a' sgrìobhadh na h-aithisge seo.

BBC News: [Warning of crisis in Gaelic teacher recruitment](#) (Pìos Naidheachd, 4 Dàmhair 2022)

Bòrd na Gàidhlig: [Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig](#)

Bòrd na Gàidhlig: [Aithisgean air Suirbhidh Beachdan Sòisealta na h-Alba 2021](#)

Bòrd na Gàidhlig: [Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig](#)

Bòrd na Gàidhlig: [Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23](#)

Bòrd na Gàidhlig: [Dreachd Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28](#)

Bòrd na Gàidhlig: Place-based approaches to growing the economy (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Bòrd na Gàidhlig: am maoineachadh a tha dha-rìreabh air a bhith ann an taca ri fìor ìre maoineachaidh 2007-08 a rèir fìor luach an latha an-diugh (fiosrachadh a chaidh a thoirt dhan bhuidhinn)

Bòrd na Gàidhlig: Initial Evidence Paper (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Bòrd na Gàidhlig: Wellbeing and Gaelic (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Bòrd na Gàidhlig: Aithris – Luchd-teagaisg (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Bòrd na Gàidhlig: Additional Information for Working Group on Economic and Social Opportunities for Gaelic (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Brooks, An Dtr S: [Second homes: Developing new policies in Wales](#)

Comann na Camanachd: [New Shinty Gaelic Language Development Officer for Skye](#) (Brath Naidheachd, 8 Dùbhlachd 2022)

<https://shinty.com/new-shinty-gaelic-language-development-officer-for-skye/>

Caimbeul, A, Am Morair Bracadal agus eile son Riaghaltas na h-Alba: [Independent review of hate crime legislation in Scotland: Final Report](#)

Comann nam Pàrant Port Rìgh: [Gaelic Medium Education Development at Portree High School - Proposal for discussion](#)

Comhairle nan Eilean Siar: [New Settlement Officer Appointed in Outer Hebrides](#)

Alba Chruthachail: [Place Programme](#)

Coimisean na Croitearachd: [Succession to croft tenancies](#)

DC Research Earr. airson Comhairle Baile Ghlaschu agus Bòrd na Gàidhlig: [Eaconamachd na Gàidhlig ann an Glaschu](#)

DC Research airson IGE agus eile: [Ar Stòras Gàidhlig](#)

EKOS airson MG ALBA: [Economic and social value of MG ALBA](#)

Ekosgen agus eile airson IGE: [Young People and the Highlands and Islands: Maximising Opportunities FC Sonas](#)

Foxley, An Dtr. M & Roberston, An t-Oll. B: Gaelic Medium Education, Immediate Action Required (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Ionad Fraser of Allander, Oilthigh Shrath Chluaidh: [Long-term Economic Implications of Brexit Iomain Cholmcille](#)

MacIlleathain, R airson NàdarAlba: [Ecosystem Services and Gaelic: a Scoping Exercise](#)

Macleòid, F – Pàipear air deamografachd (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Misneachd Alba: [Manifesto Misneachd 2021](#)

Rothach, D: Kilbeg Housing Development (pàipear a chaidh a thoirt dhan Bhuidhinn)

Clàran Nàiseanta na h-Alba: Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: [Gaelic Report parts 1 & 2](#) (bho làrach-lìn Oilthigh Dhùn Èideann)

Geata Oifigeil nan Eilean Fàrach: [People and Society in the Fares Islands](#)

Ó Giollagáin, Conchúr (Deas.) [The Gaelic Crisis in the Vernacular Community](#)

Perth Gazette: [£2.5m boost to Perth thanks to The Royal National Mòd 2022](#) (Pìos Naidheachd, 2 Gearran 2023)

Sabhal Mòr Ostaig [1.5 millean neach ag ionnsachadh na Gàidhlig air Duolingo, a rèir dàta ùr](#) (Brath Naidheachd, 29 Samhain 2022)

Sabhal Mòr Ostaig: [SpeakGaelic, goireas ioma-ùrlar ga chur air bhog](#) (Brath naidheachd, 15 Dàmhair 2021)

Riaghaltas na h-Alba: [Scotland National Strategy for Economic Transformation: Evidence from Regional Economic Partnerships](#) (gheibhear REP na Gàidhealtachd agus nan Eilean an lùib seo)

Riaghaltas na h-Alba: [Island Communities Impact Assessments: Guidance and Toolkit](#)

Riaghaltas na h-Alba: [A Culture Strategy for Scotland](#)

Riaghaltas na h-Alba: [Co-chomhairleachadh air Geallaidhean Riaghaltas na h-Alba do Ghàidhlig agus Albais agus Bile nan Cànan Albannach](#)

Riaghaltas na h-Alba: [A' taiceadh choimhearsnachdan Gàidhlig](#) (Brath Naidheachd, 3 Màrt 2022)

Riaghaltas na h-Alba: [Scottish Land Rights and Responsibilities Statement 2022](#)

Riaghaltas na h-Alba: Circular 1/2022 - [Local Place Plans](#)

Riaghaltas na h-Alba: [Plana Nàiseanta nan Eilean](#)

Riaghaltas na h-Alba: [Scotland's National Strategy for Economic Transformation](#)

Riaghaltas na h-Alba: [Improving Broadband Access](#) (Brath Naidheachd, 3 Ògmhios 2022)

Riaghaltas na h-Alba & Riaghaltas na RA: [The Islands Growth Deal](#)

Coimisean Fearainn na h-Alba: [Land Reform and Taxation: Advice to Scottish Ministers](#)

Scottish National Party: [Àm ri Teachd na h-Alba \(Manifesto 2021\)](#)

[Spòrs Gàidhlig](#)

Scottish Rural Action: [Report of the Rural and Islands Strategic Stakeholder Workshop](#)

Leasachadh Sgilean na h-Alba: (STEM) [Bursary scheme to continue](#) (Pìos Naidheachd, 26 Gearran 2021)

Comhairle na Gàidhealtachd: [Council to purchase houses from owners who would like to help make a difference in their community](#) (Brath Naidheachd, 12 Faoilleach 2022)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba is msa 2000](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 1980](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 2016](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd na Co-ionannachd 2010](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd nan Eilean \(Alba\) 2018](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd Ath-leasachadh an Fhearainn \(Alba\) 2016](#)

An Tasglann Nàiseanta (legislation.gov.uk): [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#)

Tithe an Oireachtais: [Achd na Gaeltacht 2012](#)

Riaghaltas na RA: [Island communities across the UK to come together in Orkney for first Islands Forum](#) (Brath Naidheachd, 28 Ògmhios 2022)

Wavehill Research: [Evaluation, Conclusions and Recommendations of the Arfor Programme](#)

Riaghaltas na Cuimrigh: [Commission for Welsh-speaking Communities](#)

Riaghaltas na Cuimrigh: [£11 million Arfor 2 programme to boost economic prosperity in Welsh speaking communities](#) (Brath Naidheachd, 10 Dàmhair 2022)

Westbrook, S & Anderson, S: [The cultural, social, economic, linguistic and wellbeing impacts of Fèisean nan Gàidheal](#)



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-908-4 (web only)

Published by The Scottish Government, June 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1296863 (06/23)

W W W . g o v . s c o t